



CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD

# COIMISEAN NA CROITEARACHD

Aithisg & Cunntasan Bliadhnaill

2012-13



Gu an Àrd-Urramach Alex Salmond  
Priomh Mhinisteir a Mòrachd

A' Phriomh Mhinisteir chòir

We have the honour to present the first Annual Report & Accounts  
of the Crofting Commission covering the year 2012-13.

Gach deagh dhùrachd



Siùsайдh Walker, Neach-gairm



Caitriona NiclllEathain, Àrd-Oifigear

Builichte air Ministearan na h-Alba mar gheall air  
Earrann 2B agus Clàr 1 paragraf 19 de Achd nan Croitorean (Alba) 1993,  
agus atharraichte leis an Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2007  
agus an Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010.


SG/2013/111

Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis IV3 8NW.  
Coimisean na Croitearachd, Inbhir Nis 2013





## RO-RÀDH AN NEACH-GAIRM



Aig deireadh na ciad bhliadhna de Choimisean na Croitearachd, tha e a' faireachdainn mar gu bheil sinn dìreach aig toiseach na tha ri dhèanamh fhathast. Tha an Coimisean ùr, leis a' mhòr-chuid de na buill bho air feadh nan coimhairsnachdan croitearachd air an taghadh do an dreuchdan airson a' chiad uair le croitearan, a' giùlain leis uallach dleastanais mhòr.

Aig a h-uile Coinneamh Bùird, tha seo a' tighinn nam chuimhne nuair a choimheadas mi tarsainn a' bhùird. Tha I.G. MacDhòmhnaill, aon de ar buill thaghte às an Eilean Sgitheanach, a' toirt leis ginntinneachd ath-leasachair fearainn. Ghabh a shean-sheanmhair pàirt ann am Batal a' Bhràighe, an tachartas eachdraidheil sin a lean gun chiad reachdas croitearachd ann an 1886. Thug an Achd leatha tèarainteachd air còir-fearainn agus mài chothromach do chroitearan, agus cheadaich i don t-siostam croitearachd pàirt deatamach a ghabhail ann an leasachadh choimhairsnachdan air feadh Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba.

Mar sin, ged a tha sinn fior mhothachail gur e cruth de chòir-fearainn a tha seo a tha air a riaghlaidh, a chaidh a mhineachadh le a reachdas fhèin còrr agus ceud bliadhna air ais, aig an aon àm tha mòran de na th' ann an Coimisean na Croitearachd ùr-nodha: reachdas, Coimiseanairean, Neach-gairm, Àrd-Oifigear, Clàr Chroitean, Plana Poileasaidh agus Pannal Mheasadairean. Tha seo air dùblain cudromach a thogail, agus Coimiseanairean ùra is luchd-obrach ag obrachadh tro na h-atharrachaidhean agus na riatanasan a thàinig leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 agus a' dealbhadh phoileasaidhean a fhreagras air rùn

Riaghlas na h-Alba. Ach aig an aon àm, tha sinn air ar misneachadh gu bheil an t-siostam croitearachd air a luach cho mòr leis a' Phàrlamaid agus le Riaghlas na h-Alba agus gu bheil iad air reachdas ùr agus Clàr Chroitean stèidhichte air mapa a chumadh, fo rianachd Clàran na h-Alba. Tha an t-seibheachd seo a' dearbhadh gu bheil mòr-mheas air an t-siostam croitearachd fhathast mar dhòigh air daoine a fhreumhachadh san fhearrann agus an taobh a-staigh choimhairsnachdan ann an sgìrean de dh'Alba le ana-cothroman a thaobh cruinn-eòlas, stiùireadh agus gnàth-thide.

Rinn Achd 2010 ath-chuimseachadh air obair riaghlaidh Coimisean na Croitearachd le bhith ag ath-shònráchadh dhleastanasan leasachaидh is thabhartasan Coimisean nan Croitearan a bh' ann gu buidhnean eile. Ged nach robh eòlas aig a' mhòr-chuid aca air croitearachd, tha Coimiseanairean air gabhail ris an t-sligte ùr seo le diongmhultas gus an reachdas a thugse agus gus déanamh cinnteach gu bheil ar n-obair riaghlaidh co-shinte le lagh croitearachd. Chan eil eagal air a' Choimisean ùr seo a dhol an aghaidh seann chleachdaidhean agus a' sireadh soilleireachadh laghail nuair a bhios feum air. Ged a tha seo air deasbad agus connspaid a bhrosnachadh an taobh a-staigh saoghal na croitearachd,



Stiùbhart Stevenson, Ministear na h-Àrainneachd is Atharrachadh Gnàth-shide a' cur fàilte air na Coimiseanairean ùra.

Cli gu deas: Arnold Pirie, Caitlin Nic na Ceardaich, Cailean Ceanadach, Stiùbhart Stevenson, Minister for Rural Affairs and the Islands, Murchadh MacLlinnein, Siùsaidh Walker (Neach-gairm), Dòmhnull Ross agus Iain Seòras MacDòmhnullaill, Sandaidh Cross, Uilleam Swann.

's e adhbhar misneachaидh a th' ann gu bheil mothachadh a' fàs gur e siostam de chòir-fearainn a th' ann an croitheadh a tha air a riaghlaidh tro reachdas.

Tha an reachdas air a leasachadh le Ministearan na h-Alba tro thugse air cudromachd riaghlaidh gus fearann croite a dhion a thuilleadh air siostam de chòir-fearainn a tha air coimhersnachdan croitheadh a chumail suas airson ginealaichean.

Tha an Coimisean seo soilleir gum b' e rùn Mhiniestaran na h-Alba, dèanamh cinnteach gu bheil riaghlaidh ga chleachdad airson àireamhan sluaigh a chumail anns na Sgìrean Croitheadh gus bacadh a chur air call fearainn a-mach à croitheadh, agus gus dèanamh cinnteach gum bi croitearan a' coileanadh an dleastanasan a thaobh còmhnaidh air agus obrachadh an fhearrainn, no a chur gu cleachdad gnothaicheil eile. Ged a tha mòran obrach ri dhèanamh gus na builean sin a choileanadh, tha an rùn soilleir: tha Ministearan na h-Alba ag iarraidh còimhersnachdan croitheadh a tha gniomhach is tarbhach a tha a' cur ri leasachadh seasmhach an taobh a-staigh Alba.

Tha lios coimhersnachd ann an Geneva, air a ruith le buidheann dioghrasach de dhaoine òga. Nuair a cho-dhùin iad bileag a dhèanamh airson an toraidhean a shanasachd, thagh iad an sluagh-ghairm annasach: "Viva Crofting!" Nuair a chaidh faighneachd dhaibh carson a


thagh iad am falch 'croitheadh' fhreagair iad: "Ach tha flos aig gach duine aig a bheil suim don fhearrann mu dheidhinn croitheadh. Tha sibh cho fortanach gu bheil croitheadh agaibh ann an Alba. Tha croitheadh a' toirt cothrom do dhaoine air an fhearrann, agus nuair a tha fearann agad faodaidh tu biadh fhàs agus tha dachaigh agad."

Ann an 1882, thuig muinntir a' Bhràighe an fhirinn ghlan seo. Ann an 2010, thuig Ministearan na h-Alba nach e direach àm a chaidh seachad a th' aig croitheadh ach gu bheil àm ri teachd aige cuideachd. Ged a tha sinn bho dhiofar dualchais, diofar sgìrean agus bho dhiofar sheallaidhean, tha na Coimiseanairean ùr aonaichte nar tuigse gu bheil croitheadh cho buntainneach agus cho cudromach an-diugh agus a bha e a-riamh.



Siùsaidh Walker, Neach-gairm

## THAR-SHEALLADH AN ÀRD-OIFIGEIR EADAR-AMAIL



Tha an Aithisg Bhliadhnaile am-bliadhna diofraichte bho aithisgean Coimisean nan Croitearan a bh' ann roimhe, a thaobh 's gu bheil riatanas reachdail ann a-nis gum feum measadh air na cùisean aig a bheil buaidh air na coimhearsnachdan croitearachd a bhith anns an aithisg, agus mar a tha croitearachd a' cur ri leasachadh seasmhach.

Anns na bliadhnaichean ri teachd, thig a' mhòr-chuid den fhiosrachadh seo bho na croitearan tro na foirmean ùra bliadhnaile a dh'fheumas iad a thilleadh agus bho Chomataidhean lonaltraidh tro fhoirmean Dleastanas Aithris a dh'fheumar a chur a-steach gach còig bliadhna. Am-bliadhna, air sgàth nach robh suirbhidh bunasach agus aam foirm Dleastanas Aithris ann, tha aithisg a' Choimisein mu chûisean aig a bheil buaidh air na coimhearsnachdan croitearachd stèidhichte air fios-rachadh a fhuaireadh bho dhlùth cheangal ri Ùghdarrasan Ionadail agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. A thuilleadh air an sin, chleachd an Coimisean a' chiad cho-labhairt aca de phannal Mheasadairean air an ùr-thaghadh, mar chothrom air cuid de na dùbhlain làithreach a tha mu choinneamh chroitearan an-diugh, a rannsachadh.

Tha a' chiad bhliadhna de Choimisean na Croitearachd air a comharrachadh le atharrachaidhean sònraichte, gu h-àraig stèidheachadh air Buidheann Poblach Neo-Roinneil (NDPB), Coimseanairean ùra (6 air an taghadh agus 3 air am fastadh) le Sandaidh Cross a' gniomhachadh mar chathraiche eadar-amail bhon Ghiblean gu an t-Sultain agus Siùsaidh Walker air a fastadh mar Neach-gairm san t-Sultain. A thuilleadh air an sin, leig Nick Reiter, a bha na Àrd-Oifigear air a' Choimisean bho 2006, dheth a dhreuchd san Dùblachd 2012.

Tha iomhaigh àrd air a bhith aig cùisean reachdail ann an trì priomh dhòighean. O chionn ghoirid, riaghail Cùirt an Fhearainn ann an Alba (SLC) air grunn cheistean a chuireadh mu an coinneamh le Coimisean na Croitearachd. Thug an riaghladh seo seachad soilleireachd air cuid de na nithean laghail a bu thoinnte ann an croitearachd agus an dàimh dha chèile, agus stèidhich iad nach urrainn iomlanachd croite mar nì laghail a bhith air atharrachadh ach le cead bho Chùirt an Fhearainn no le cead a' Choimisein. Thug an riaghladh seo seachad cothrom airson làn ath-sgrùdadh air an dàta a bhathar a' gleidheadh anns a' Chlàr Chroitean (RoC) a chur an gniomh.

Bha an dàrna tachartas reachdail anns a' Ghearran 2013, nuair a chaidh togail air, ged a b' e rùn an reachdais ann an 2010 co-ionnanachd a chruthachadh eadar croitearan seilbe agus croitearan gabhaltais, nach robh àite ann gus ceadachadh do chroitearan-seilbe tagradh airson di-chroiteadh. Għluais an Riaghlas gu luath, le taic crois-phàrtaidh, gus an suidheachadh seo a cheartachadh le bhith a' cur rēiteachadh air dòigh airson atharrachadh air an reachdas a thighinn air beulaibh na Pàrlamaid cho luath 's a għabhadh.

Tha an tritheamh priomh pàirt de għniomhachd reachdail air a stiùireadh leis a' Choimisean ûr 's iad a' sireadh gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd ann agus aonta a' Bhūird air cùisean riaghlaidh toinnt croitearachd.



Sgioba Stiùiridh - Iain Toal, Donna Nic a' Ghobhainn agus Eòsaph MacIleChiar

Is e aon raon air na thog an Coimisean, an toinnteachd mu thimcheall air croitean far a bheil diofar phàritean den chroit air an reic ri diofar dhaoine. Dh'aontaich am Bòrd gu bheil an luchd-seilbh sin còmhla nan uachdaran air croit falamh, agus air sgàth sin chan urrainnear beachdachadh air tagraighean gus nàdar na croite atharrachadh ach ma thig iad bho na sealbhadairean còmhla.

Dh'fhosgail an Clàr Chroitean san t-Samhain 2012, a' ceadachadh ùine de 12 mìosan de chlàradh saor-thoileach airson an dà chuid croitean agus fearann ionaltraidh. Tha mòran obrach air a bhith a' dol air adhart air cùl gnothaich, gus tagraighean ullachadh airson an cur a-steach gu Clàran na h-Alba agus chaidh a' chìad chroit a chlàradh sa Mhàirt 2013.

Tha leantalachd gnothachais air a bhith na phrìomh dhùibhlan am-bliadhna fhad 's a bhathar a' stèidheachadh an NDPB ùr agus tha na clàran 's na figearan san aithisg seo a' nochdadh fiosrachadh mionaidheach air an uimhir de thagraidhean agus na co-dhùnaidhean a chaidh a ghabhail tron bhliadhna agus a' clàradh adhartais leis an iomairt Dleastanas a bhith Còmhnaidh, le còrr agus 300 croit air an ath-ghabhail mar thoradh air an sin.

A thuilleadh air gnothachas farsaing làitheil a' Choimisein, tha luchd-obrach air a bhith a' cur nan structaran gnothachais nan àite airson ceadachadh don bhuidheann gluasad bho bhith na Buidheann Roinneil gu bhith na Buidheann Poblach Neo-Roinneil. Am measg na h-obrach seo, tha ullachadh air a' Phlana Poileasaidh a tha a' nochdadh fiosrachaidh mu shlighe poileasaidh na buidhne ûire, làn mheasadh air cunnartan obrachaidd na buidhne, buileachadh ionmhas neo-eisimeileach agus modhan sgrùdaidh, agus 's dòcha nas cudromaiche na sin tha an Coimisean air tuigsinn gu bheil mòran obrach ri dhèanamh agus air goireasan a phriomhachadh a rèir sin.



Daibhidh Balharry,  
Ard-Oifigeach  
Eadar-amail,  
Dùblachd  
2012 - Cèitean 2013




Chaidh Caitriona  
Nicll'Eathain fhastadh  
mar an t-Ard-Oifigeach  
ùr air 10 Cèitean 2013



Nick Reiter, Ard-Oifigeach  
gu Dùblachd 2012

# COIMISEAN NA CROITEARACHD AGUS AM PLANA POILEASAIDH



Chruthaich an Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010 Coimisean na Croitearachd, a thàinig gu bith air 1 Giblean 2012, a' gabhail thairis bho Choimisean nan Croitearan mar Bhuidheann Poblach Neo-Roinneil. Tha e ag obrachadh bho latha gu latha gu neo-eisimeileach bhon Riaghaltas ach cunntachail do Mhinistearan na h-Alba. Tha 52 ann an sgioba obrach na buidhne, air an stiùireadh le Àrd-Oifigear.

On chaiodh an Achd a bhuileachadh ann an 2010, tha an Coimisean air a bhith sa mhòr-chuid an sàs ann an riaghlaigh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, adhartachadh cùisean croitearachd agus a' cumail fo sgrùdadh nithean co-cheangailte ri croitearachd.


Feumaidh an Coimisean cuideachd aithrisean air briseadh d'fleastanas le luchd-gabhall agus croitearan seilbhe a rannsachadh. Faodaidh e co-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais airson math sòisealta is eaonamach nan coimhairsnachdan croitearachd, agus a bhith furachail na ghnìomhan a thaobh ion-mhiann air gleidheadh àireamhan sluaigh agus seasmhachd croitearachd.

Tha Earrann 2C de Achd 2010 a' mineachadh an riatanais air Coimisean na Croitearachd gus plana ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba, a' mineachadh a' phoileasaidd aca air mar a tha iad an dùil an d'fleastanasan a choileanadh. Thug seo fòcas don bhuidheann ùr. B' e toradh sin gun robh Plana Poileasaidd

air a thoirt gu buil far an do mhinich Coimiseanairean an rüinteán a thaobh a' chuideachaidd a bheir croitearachd do dh'Alba air fad agus amasan poileasaidd ro-innleachdail na buidhne suas gu 2017.

Tha Achd 2010 ag iarraidh air a' Choimisean co-chomhairleachadh le Ùghdarrasan Ionadail ann an sgìrean far a bheil croitean agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean air a' Phlana Poileasaidd mus cuirear a-steach e gun Mhinistear, ach cho-dhùin Coimiseanairean an co-chomhairleachadh a leudachadh gu buidhnean le ùidh ann an croitearachd agus sin a bhith ri fhaotainn air an làrach-lin, far am faodar lethbhreac den Phlana Poileasaidd agus an Dreach Plana fhaicinn.

Coimheadaibh ri:  
<http://www.crofting.scotland.gov.uk/responses-to-plan.asp>



## FIOSRACHADH LAGHAIL AS ÙR AGUS LEASACHAIDHEAN

Tha àireamh de leasachaidhean laghail cudromach air a bhith a' toirt buaidh air riaghlaigh croitearachd thar na bliadhna, a' gabhail a-steach:

- Barail Cùirt an Fhearrainn ann an Alba air àireamh de chùisean co-cheangailte ri earrannan ionaltraidh;
- Croitearan seilbhe agus di-chroiteadh;
- Tagraighean riaghlaidh le ioma-shealbhadairean air croitean; agus
- an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010: an 3mh Òrdugh Tòiseachaidh

**Barail Cùirt an Fhearrainn ann an Alba air àireamh de chùisean co-cheangailte ri earrannan ionaltraidh.**

Tha priomh thoraidhean Cùirt an Fhearrainn bhan dearbhadh cùise a rinn iad a thaobh iomradh Coimisean na Croitearachd air raon de chùisean co-cheangailte ri còirean ionaltraidh a rinneadh ro 1 Giblean 2012, mar a leanas:

- a) Far an robh fearann croite air a cheannach agus an earrann ionaltraidh a' fuireach sa ghabhala, bha a' chòir ionaltraidh gabhala mar chroit ùr neo-eisimeileach;
- b) Tha sònrrachadh pàirt den chroit gabhala sa bheil còir ionaltraidh aig neach-gabhail no neach-seilbh na croite no aig cuideigin aig nach eil sealbh gu làithreach air fearann, a' roinn na croite agus tha gach pàirt a' leantainn air adhart fo ümhachd reachdas croitearachd;
- c) Tha còraichean ionaltraidh aig croitear bho uachdaran na croite agus chan ann bho shealbhadar an ionaltraidh. Bha àireamh de bhuadhan practaigeach aig na toraidhean sin air ar n-obair riaghlaidh a thaobh an Clàr Chroitean, di-chroiteadh croit slàn, sònrrachadh agus ceannach croite.

### Croitearan seilbhe agus di-chroiteadh

B' e ar tuigse bho thùs, nuair a thug an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010 a-steach suidheachadh ùr croitear seilbhe, gun robh e cuideachd a' leudachadh an t-solar gu bhith a' tagradh do Choimisean na Croitearachd airson stiùireadh di-chroitidh don luchd-seilbh sin a bha a' coileanadh slatan-tomhais croitear seilbhe.

Ach, a' leantainn air dragh a' nochdad bho thaobh a-staigh agus taobh a-muigh a' Choimisein mun t-solar reachdail co-cheangailte ri croitearan seilbhe, shir sinn agus fhuair sinn comhairle laghail a thaobh an robh cead aig croitearan seilbhe tagradh don Choimisean airson stiùireadh gu bheil pàirt den chroit no an croit iomlan aig croitear seilbhe a' stad a bhith na chroit. Stèidhichte air a' chomhairle a fhuair sinn, b' e ar tuigse nach eil solar sam bith an taobh a-staigh an reachdais aig Coimisean na Croitearachd gus stiùireadh di-chroitidh a thoirt do chroitear seilbhe a tha a' còmhnaidh air a' chroit. Gus an suidheachadh a chur ceart, tha Coimisean na Croitearachd ag obair còmhla ri co-oibrichean aig Riaghaltas na h-Alba airson reachdas air atharrachadh a thoirt air adhart.

Air 28mh Màirt 2013, dh'ainmich Paul Wheelhouse, Ministear na h-Àrainneachd, gum biodh Riaghaltas na h-Alba a' toirt Bile air adhart cho luath 's a ghabhas gus dèiligeadh ris a' chùis seo.



Fair Isle

**Tagraighean riaghlaidh bho ioma-sheabhadairean croite**  
Bha an Coimisean mothachail gun robh mì-chinnt ann an suidheachaidhean far an robh sealbhadairean a' cumail còir fa leth air pàirtean sònraichte de chroit falamh. Bha a' mhi-chinnt a' cuimseachadh air am feumadh tagradh di-chroitidh no toirt-air-ghabhall a bhith:

- air a dhèanamh air leth le sealbhadair fa leth a thaobh am pàirt sònraichte den chroit aig a bheil sealbh aige, no
- am feum a leithid sin de thagradh a bhith dèante leis na sealbhadairean uile den chroit, nan suidheachadh mar, còmhla, 'uachdaran' na croite.


Bha Coimiseanairean den bheachd gun robh e deatamach gum biodh poileasaidh soilleir ann mun chùis seo agus mar sin, bha iad a' sireadh agus fhuair iad beachd laghail a chomhairlich far a bheil a' chroit air a

cumail ann an diofar phasgain seilbh fa leth bhiodh e glic don Choimisean tagradh fhaotainn bho na sealbhadairean uile. Dh'aontaich Coimiseanairean gabhall ris a' phoileasaidh gum feum tagraighean di-croitidh is leigeil air mìl uile a thaobh chroitean ann an ioma-seilbh, a bhith air an cur a-steach leis na sealbhadairean uile nan suidheachadh còmhla mar 'uachdaran' na croite, fiù anns na cùisean sin far an robh an tagradh co-cheangailte ri pàirt den chroit air a ghleidheadh le còir le aon den aireamh aca.

#### An Achn Ath-leasachaiddh Croitearachd (Alba) 2010: An 3mh Òrdugh Tòiseachaidh

Stèidhich an tritheamh Òrdugh Tòiseachaidh de Achn 2010 gun do thòisich an ire clàraidh saor-thoileach den Chlàr Chroitean ùr stèidhichte air mapa air 30 Samhain 2012.

## AN CLÀR CHROITEAN



Thug an Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010 a-steach solar airson "Clàr Chroitean" stèidhichte air mapa a bha ri chumail le Clàran na h-Alba. Anns a' Chlàr Chroitean, bidh fiosrachadh mu choinneamh chriochan is ionaltradh coitcheann agus bidh fiosrachadh eile ann leithid an neach-seilbh, croitear, uachdaran agus croitear-seilbhe. Chaidh a' chiad chroit a chlàradh gu soirbheachail sa Mhàirt 2013.

Tha uallach air Coimisean na Croitearachd airson a' chiad chlàraidh air ionaltradh Coitcheann anns a' Chlàr Chroitean, agus mar sin tha iad air pròiseact a ghabhail os làimh a' tional fiosrachaidh mu chriochan airson nan ionaltraidhean a thuilleadh air fiosrachadh mu luchd-earrannan, agus fhuair iad dearbhadh air an seo bho uachdarain agus comataldhean ionaltraidh ro-làimh. Chaidh am fiosrachadh seo gu còrr agus 100 ionaltradh ro 31 Màirt 2013, agus thathar a' sùileachadh sruth cunbalach de chlàraidhean tro 2013-14.


Air 30mh Samhain 2013, tòisichidh clàradh do-sheachanta far am feum croitorean an croitean a chlàradh ann an co-bhonn ri diofar thachartasan riaghlaidh. Bu chòir a thoirt fa-near nach eil an Clàr Chroitean a bhith ann a' ciallachadh nach fheum Coimisean na Croitearachd a Chlàr Chroitean fhèin a chumail suas, airson gum bi feum aig a' Choimisean air fiosrachadh eile a chumail a tha riatanach dha adhabharan riaghlaidh.

## AN CLÀR CHROITEAN

A' leantainn air achdachadh na h-Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010, chaidh ath-sgrùdadh a choileanadh air a' Chlàr Chroitean, a' cuimseachadh air dà phriomh raon. B' e a' chiad raon an robh cruth làithreach a' chlair freagarrach airson an adhbhair agus an dàrna raon air gnè an dàta a bhathar a' cumail sa chlàr. Chaidh cùisean a chomharrachadh san dà raon agus chaidh beagan obair leasachaidd a chur an gnìomh an toiseach.

Tha tuilleadh obrach sa phlana airson na bliadhna a tha a' tighinn. Aig deireadh gnothaich, bidh an clàr mòran nas làidire, ga dhèanamh nas phasa a chumail suas agus fiosrachadh fhaotainn air ais. Aon uair 's gum bi an obair seo criochnaichte, chì an ath ire tionndadh air-loidhne den Chlàr Chroitean ga chur air bhog, a bhios ri fhaotainn leis a' phoball.

# FIOSRACHADH DEAMOGRAFACH



## STATISTIGEAN AIR TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH - A RÈIR SGÌREAN ÙGHDARRAIS IONADAIL

### ÀIREAMHAN IOMLAN DO GACH SGÌRE

Seorsa tagraidh	CROIT				EARRANN			
	aontachte	às làthair	diùlta	às làthair	aontachte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	38	-	5	-	-	-	-	-
Sònachadh	218	45	8	5	26	3	1	-
Dileaban	72	-	-	-	11	-	-	-
Cead às làthaireachd	6	4	1	1	-	-	-	-
Di-chroiteadh larach taigh	127	19	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	217	17	21	3	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	8	2	8	-	-	-	-	-
Roinn	27	4	4	2	2	-	2	-
Toirt-air-ghabhail	67	2	1	-	1	-	-	-
Croitean ùra	10	-	-	-	-	-	-	-
Geàrr-ghabhail	2	2	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhail	57	4	6	4	1	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	55	-	-	-	10	-	-	-
IOMLAN	904	99	54	15	51	3	3	-

Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slàn	Clàr Chroitean	
Luchd-gabhall	3	19	97	Àireamh de chroitean air ghabhall	13015
Luchd-seilbh	-	34	73	Àireamh de chroitean air seilbh	5114
				Àireamh iomlan de chroitean clàraichte	18129

Chaidh 8 Èisteachdan gu h-iomlan a chumail thar na bliadhna

# TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH - A' LEANTAINN

## Sgìrean Ùghdarrais ionadail - Moireibh

Chan eil croitean sam bith ann am Moireibh fhathast, agus mar sin cha d' fhuaireadh tagraighean sam bith.

## Sgìrean Ùghdarrais ionadail - Inbhir Àir a Tuath

Cha d' fhuaireadh tagraighean sam bith a Inbhir Àir a Tuath

### Clàr Chroitean

Àireamh de chroitean air ghabhail	-
Aireamh de chroitean air seilbh	1
Àireamh iomlan de chroitean clàraichte	1
Àireamh Èisteachdan	-

## Sgìre Ùghdarrais ionadail - Earr-a-Ghàidheal is Bòid

Seòrsa tagraighean	CROIT				EARRANN			
	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	-	-	-	-	-	-	-	-
Sònachadh	3	-	-	-	1	-	-	-
Dileaban	3	-	-	-	-	-	-	-
Cead às làthaireachd	2	2	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh làrach taigh	1	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	6	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	-	-	-	-	-	-	-	-
Roinn	1	-	-	-	-	-	-	-
Toirt-air-ghabhail	7	-	-	-	-	-	-	-
Croitean úra	3	-	-	-	-	-	-	-
Gearr-ghabhail	-	-	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhail	-	-	-	-	-	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	-	-	-	-	1	-	-	-
IOMLAN	26	2	-	-	2	-	-	-

Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slànt	Clàr Chroitean	
Luchd-ghabhail	-	3	7	Àireamh de chroitean air ghabhail	327
Luchd-seilbh	-	2	-	Àireamh de chroitean air seilbh	327
				Àireamh iomlan de chroitean clàraichte	654
				Àireamh Èisteachdan	-

## Sgire Ùghdarrais ionadail - A' Ghàidhealtachd

Seòrsa tagraidh	CROIT				EARRANN			
	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	20	-	2	-	-	-	-	-
Sònachadh	71	23	6	5	18	3	1	-
Dileaban	32	-	-	-	9	-	-	-
Cead às làthaireachd	4	2	1	1	-	-	-	-
Di-chroiteadh làrach taigh	54	9	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	114	11	15	1	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	4	1	8	-	-	-	-	-
Roinn	16	4	4	2	2	-	2	-
Toirt-air-ghabhall	40	2	1	-	-	-	-	-
Croitean ùra	7	-	-	-	-	-	-	-
Gearr-ghabhall	2	2	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhall	18	-	3	2	-	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	17	-	-	-	8	-	-	-
<b>IOMLAN</b>	<b>399</b>	<b>54</b>	<b>40</b>	<b>11</b>	<b>37</b>	<b>3</b>	<b>3</b>	<b>-</b>
Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slàn		Clàr Chroitean			
Luchd-gabhall		2	10	65	Àireamh de chroitean air ghabhall			4855
Luchd-seilbh		-	22	53	Àireamh de chroitean air seilbh			3271
					Àireamh iomlan de chroitean clàraichte			8126
					Àireamh Èisteachdan			4

## Sgìre Ùghdarrais ionadail - Comhairle nan Eilean Siar

Seòrsa tagraidh	CROIT				EARRANN			
	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	11	-	3	-	-	-	-	-
Sònachadh	122	22	-	-	3	-	-	-
Dileaban	32	-	-	-	1	-	-	-
Cead às làthaireachd	-	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh làrach taigh	57	10	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	59	6	6	2	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	-	-	-	-	-	-	-	-
Roinn	8	-	-	-	-	-	-	-
Toirt-air-ghabhall	4	-	-	-	-	-	-	-
Croitean ùra	-	-	-	-	-	-	-	-
Gearr-ghabhall	-	-	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhall	30	4	3	2	-	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	33	-	-	-	1	-	-	-
<b>IOMLAN</b>	<b>356</b>	<b>42</b>	<b>12</b>	<b>4</b>	<b>5</b>	-	-	-
Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slàn		Clàr Chroitean			
Luchd-gabhall		1	2	4	Àireamh de chroitean air ghabhall			5906
Luchd-seilbh		-			Àireamh de chroitean air seilbh			172
					Àireamh iomlan de chroitean clàraichte			6078
					Àireamh Èisteachdan			2

# TAGRAIDHEAN RIAGHLAIDH - A' LEANTAINN

## Sgire Ùghdarrais ionadail - Arcalibh

Seòrsa tagraidh	CROIT				EARRANN			
	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	-	-	-	-	-	-	-	-
Sònachadh	-	-	-	-	-	-	-	-
Dileaban	-	-	-	-	-	-	-	-
Cead às làthaireachd	-	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh làrach taigh	3	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	7	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	4	1	-	-	-	-	-	-
Roinn	-	-	-	-	-	-	-	-
Toirt-air-ghabhlair	-	-	-	-	-	-	-	-
Croitean ùra	-	-	-	-	-	-	-	-
Gearr-ghabhlair	-	-	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhlair	-	-	-	-	-	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	-	-	-	-	-	-	-	-
IOMLAN	14	1	-	-	-	-	-	-

Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slàn	Clàr Chroitean	
Luchd-ghabhlair	-	1	-	Àireamh de chroitean air ghabhlair	67
Luchd-seilbh	-	3	1	Àireamh de chroitean air seilbh	383
				Àireamh iomlan de chroitean clàraichte	450
				Àireamh Èisteachdan	-

## Sgire Ùghdarrais ionadail - Sealainn

Seòrsa tagraidh	CROIT				EARRANN			
	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair	aontaichte	às làthair	diùlta	às làthair
Roinneadh	7	-	-	-	-	-	-	-
Sònachadh	22	-	2	-	4	-	-	-
Dileaban	5	-	-	-	1	-	-	-
Cead às làthaireachd	-	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh làrach taigh	12	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh pàirt-croit	31	-	-	-	-	-	-	-
Di-chroiteadh croit slàn	-	-	-	-	-	-	-	-
Roinn	2	-	-	-	-	-	-	-
Toirt-air-ghabhlair	16	-	-	-	1	-	-	-
Croitean ùra	-	-	-	-	-	-	-	-
Toirt air ghabhlair goirid	-	-	-	-	-	-	-	-
Fo-ghabhlair	9	-	-	-	1	-	-	-
Tar-aiseag le Tiomnaidh	5	-	-	-	-	-	-	-
IOMLAN	109	-	2	-	7	-	-	-

Ceannach fearann croite	Làraich thaighean	Pàirt Croit	Croit slàn	Clàr Chroitean	
Luchd-ghabhlair	-	2	20	Àireamh de chroitean air ghabhlair	1860
Luchd-seilbh	-	5	15	Àireamh de chroitean air seilbh	960
				Àireamh iomlan de chroitean clàraichte	2820
				Àireamh Èisteachdan	2

# CROITEAN ÙRA AIR AN CRUTHACHADH FO EARRANN 3(A) DE ACHD NAN CROITEARAN (ALBA) 1993

Bho 1 Giblean 2012 - 31 Màrt 2013

Sgirean Üghdarrais ionadail	Àireamh de Chroitean ùra	Heactaran iomlan
Moireibh	-	-
Inbhir Àir a Tuath	-	-
Earra-Ghàidheal is Bòid	7	66.97
A' Ghàidhealtachd	13	88.06
Comhairle nan Eilean Siar	2	2.364
Arcaibh	-	-
Sealtainn	2	17.03
<b>IOMLAN</b>	<b>24</b>	<b>174.424 ha</b>



# GLUASADAN ANN AN TAGRAIDHEAN A FHUAIREADH

Tha na clàran gu h-iosal a' nochdadh nan gluasadan anns an àireamh de thagraidhean a fhuaireadh Coimisean nan Croitearan anns na bliadhnaichean 2010/11 agus 2011/12 agus tagraidhean a fhuaireadh Coimisean na Croitearachd ann an 2012/13. **Thoiribh an aire** gum bi an àireamh de thagraidhean a fhuaireadh diofraichte bhon àireamh de cho-dhùnайдhean gu an tainigeadh an taobh a-staigh gach bliadhna airson diofar adhbharan, a' gabhail a-steach tagraidhean air an tarrraig às agus tagraidhean neo-dhligheach. Chan eil figearan air an nochdadh airson Inbhir Àir a Tuath agus Moireibh bho nach d' fhuaireadh tagraidhean às na sgirean sin anns an raon-ama a chaith a chomharrachadh. r th




## COSGAISEAN TAISBEANACH AONAIT

	2012-13		2011-12	
	Aireamh cuibheasach de laithean pearsa mu choinneamh gach tagraidh	Cosgais cuibheasach mu choinneamh gach tagraidh(£s)	Aireamh cuibheasach de laithean pearsa mu choinneamh gach tagraidh	Cosgais cuibheasach mu choinneamh gach tagraidh(£s)
Sònachadh & sònachadh teaghlach	1.2	755	0.7	631
Còir-seilbh - dileaban	0.1	35	0.1	89
Tar-aiseag le Tiomnaidh	0.2	106	0.3	294
Di-chroiteadh làraich thaighean & gabhailean	1.0	735	1.2	1,257
Di-chroiteadh pàirt & iomlan	1.8	1,375	1.2	1,284
Fo-ghabhail	1.3	882	1.2	1,204
Roinn	2.1	1,380	1.8	1,801
Ath-thoirt & toirt-air-ghabhail	1.5	956	1.9	1,918
Roinnidhean	4.1	2,735	3.6	3,597
Cead airson croitean ùra no comataidhean ionaltraidh	3.2	2,193	1.6	1,603

### Notaichean

- 1) cosgaisean a' gabhail a-steach cosgaisean a bharrachd
- 2) cosgaisean cuibheasach air an ainmeachadh - dh'fhaodadh cosgais thagraidhean fa leth a bhith glè dhiofraichte
- 3) faodaidh cosgaisean a bhith diofraichte bho bhliadhna gu bliadhna a rêu na h-àireimh a fhuaireadh agus cùisean toinnte fa leth

## DLEASTANAS A BHITH CÒMHNAIDHEACH



Tron bhliadhna 2012-13, lean Coimisean nan Croitearan air adhart a' cur an sàs riatanasan an dleastanais a bhith a' còmhnaidh an taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit dhaibhsan nach robh a' gèilleadh airson an h-ùine a b' fhaide. Chaidh seo a chumail a' dol bho stiùireadh Ministrealach ann an 2010, a bh' ann ron reachdas ùr dhleastanasan a thàinig gu bith san Dàmhair 2011.

A' cleachdadh an reachdais a bh' ann mar-thà, air bunait solar sàbhalaidh, tha an Coimisean air còrr agus 400 cùis a chriochnachadh. Chan eil crioch a chur air cùis a' dùnanamh cinnteach sa bhad gu bheil croitear a' còmhnaidh air croit. Dh'fhaodadh gum bi pròiseasan eile ann a dh'fheumar mus tachair seo. Mar eisimpleir, ma shònraicheas croitear às-làthair a' chroit dh'fhaodadh gum bi ùine ann mus urrainn do neach-gabhall ùr taigh a

thogail agus a bhith a' còmhnaidh ann. Far a bheil an Coimisean a' cur crioch air gabhaltas, bidh ùine ann mus gabh neach-gabhall ùr thairis. Mar an ceudna, ma bhàsaicheas croitear neo-chòmhnaidheach, tha a' chùis aca ga chriochnachadh ach cha bhi a' chroit air a gabhall gus an gabh neach-gabhall ùr thairis an gabhaltas. Tha an clàr a leanas a' mineachadh nan suidheachaidhean sin.

Adhbharan airson Cùis Còmhnaidheachd a chriochnachadh (2010 gu 31 Màrt 2013)	Criochnaichte	Croitear a-nis ann an còmhnaidh
Croitear a-nis ann an còmhnaidh	158	158
Gabhaltas air a shònachadh	121	88
Croitear air bàsachadh	25	7
Gabhaltas air a thoirt suas	8	3
Croit air a ceannach agus air a h-aiseag gu neach-seilbh ùr	7	5
Croit air a ceannach agus air a toirt air ghabhail do neach-gabhall ùr	3	3
Gabhaltas air a chriochnachadh	30	9
Cùisean air an aiseag gu pròiseas dhleastanasan ùra	10	-
Croit air a cheannach - cùisean air an aiseag gu pròiseas eile	45	-
IOMLAN	407	273

Is i an dòigh as cunbhaliche air fuasgladh fhaotainn air suidheachaidhean neo-chòmhnaidheachd sa bhliadhna a dh'fhalbh, a bhith a' sònrrachadh a' ghabhaltais. Chaidh 46 cùisean gu h-iomlan a chriochnachadh san dòigh seo ann an 2012-13. Is fheàrr leis a' Choimisean suidheachaidhean fuasgladh le daoine fa leth seach a bhith a' tighinn chun na h-ire gabhaltasan a chriochnachadh.

Cha deach an smachd dheireannach seo a chur an gnìomh ach ann an 12 suidheachaidhean thar na bliadhna a dh'fhalbh, a' dèanamh àireamh iomlan de 30 bho thòisich an Coimisean air an iomairt seo. Ann a bhith a' cur crioch air gabhala, feumaidh an Coimisean a bhith riaraichte nach eil an neach-gabhall gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh air a' chroit agus gu bheil e gu math na coimhearsnachd croitearachd sin a dhèanamh.

Chaidh aire a thoirt cuideachd do neo-chòmhnaidheachd croitearan seilbhe, a' dèiligeadh leis na suidheachaidhean sin tro reachdas "Sparradh Dhleastanasan". Anns a'

phròiseas a thaobh a bhith a' leantainn conaltradh leothasan a fhuaire litir aig an toiseach, chaidh a dhaingneachadh gu bheil còrr agus 30 a-nis a' còmhnaidh an taobh a-staigh an astair riataich bho an croitean. Còmhla ris na 273 cùisean gabhala is air an d' fhuaireadh fuasgladh, tha seo a' ciallachadh gu bheil croitear a' còmhnaidh a-nis air 300 croit far nach robh roimhe.

#### Croitearan nach eil a' còmhnaidh air a' chroit

Tha an clàr gu h-iosal a' taisbeanadh mion-fhiosrachadh mun àireamh de luchd-gabhall agus croitearan seilbhe nach eil air a bhith a' còmhnaidh an taobh a-staigh 32 cilemeatair den chroit aca airson còrr is 10 bliadhna, còrr is 5 bliadhna agus nas lughna 5 bliadhna. Is ann sa cholbh "Cinn-latha rin daingneachadh" a tha fios againn nach eil an neach-gabhall/sealbhadair ann an còmhnaidh. Ach, tha an raon-ama sa bheil iad air a bhith air falbh bhon chroit fhathast ri dhaingneachadh

	Còrr is 10 bl.	Còrr is 5 bl.	Nas lughana 5 bl.	Cinn-latha rin daingneachadh	Iomlan
Luchd-gabhall	467	322	241	166	1196
Croitearan seilbhe	115	28	46	416	605
Iomlan	582	350	287	582	1801

#### A' toiseachadh às ùr san Eilean Sgitheanach

Tha cùis Mairead agus Iain Moireach a' taisbeanadh na buaidh dheimhinneach a tha an lùib a bhith a' cleachdadh riaghlaidh croitearachd gus dèiligeadh le suidheachaidhean às-làthaireachd.

Tha Mòrag agus Iain air croit gun àiteach a ghabhail thairis aig 2 Achadh na h-Anaid far an robh an neach-gabhall a bh' ann às-làthair. Le dithis chloinne òg, tha iad a-nis gu tur an sàs ann am beatha na coimhearsnachd croitearachd an dèidh taigh a thogail air a' chroit le taic bho Sgeama Thabharasan Taigh Croite, air stoc a stèidheachadh air a' chroit agus air obraichean ionadail fhaotainn ann am foghlam. Tha Iain fiù a' coidseadh na sgioba lomain ionadail.



A' cuideachadh Dad a' cladhach clais don dealan.



Iain a' cuideachadh 2 chroitear eile (Donnie Bruce agus Graham Ross)

## IONALTRADH COITCHEANN

Tha croitearachd a' solarachadh dòigh gun choimeas air a bhith a' cleachdadhe nam buannachdan an lùib stiùireadh co-roinnte air so-mhaoin fearainn tro riaghladh air ionaltradh coitcheann. Tha comataidh ionaltraidh clàraichte ann an oifis mar aon de na dòighean as fheàrr air an ionaltradh choitcheann a stiùireadh agus a chumail suas mar shiostam èifeachdach air coimhlearsnachdan a neartachadh.

Ach a dh'aindeoin nam buannachdan eaconamach, àrainneachdail is sòisealta, tha an àireamh de chomataidhean ionaltraidh ann an oifis air lùghdachadh thar nam bliadhnaichean.







Gu làithreach, tha 528 comataidhean air an clàradh le Coimisean na Croitearachd. Bho 1 Giblean 2012 gu 31 Màrt 2013, bha 188 comataidhean air an taghadh 's air an clàradh. Bha seo na lùghdachadh ann an àireamhan

bho 204 a cha idh a chlàradh sa bhliadhna 2011/12. Tha an Coimisean an dòchas an àireamh a mheudachadh sa bhliadhna às dèidh sin le bhith a' toirt a-steach riaghailtean ùra airson stiùireadh agus cleachdadhe ionaltraidhean coitcheann. Is e an t-amais riaghailtean a dhèanamh nas phasa do chomataidhean ionaltraidh an riaghladh, agus an dòchas gum brosnaich seo barrachd luchd-earrannan gu bhith a' cruthachadh chomataidhean.









Risteard MacLlinnein, Croitear & Stiùiriche Urras Taobh Siar na Hearadh

Chan eil ionaltraidhean coitcheann sam bith clàraichte ann am Moireibh no Inbhir Àir a Tuath



## IONALTRADH COITCHEANN ...A' LEANTAINN



## CO-THÀTHADH COIMHEARSNACHD LE SO-MHAOIN CHO-ROINNTE - LEASACHAIDHEAN AIR IONALTRADH COITCHEANN



Tha seasmhachd agus co-thàthadh sòisealta choimhearsnachdan co-cheangailte gu dlùth le stiùireadh co-roinnte air so-mhaoin choitcheann. Ann an seo, tha croitearachd a' solarachadh cothrom gun choimeas tro na 547,153 heactairean de fhearann ionaltraidh coitcheann air a' Ghàidhealtachd 's anns na h-Eileanan.

Mar a tha air a chlàradh ann an àite eile san aithisg seo, tha dragh a' fas mu dheidhinn an lùghdachaiddh san aireamh de chomataidhean ionaltraidh oifigeil, agus 's e priomh amas Coimisean na Croitearachd an crionadh seo fhacinn a' tilleadh agus coimhearsnachdan croitearachd a bhith air am brosnachadh gus beachdachadh air na cothroman eadar-mheasgte a tha fosgalte dhaibh tro chleachdadh cruthachail air so-mhaoin fearainn.

Tha àite an ionaltraidh choitchinn aig teis meadhain an tabhartsais a dh'fhaodas croitearachd a chur ri leasachadh seasmhach agus tha e mar aon de na cùisean air a dheasbad ann an raon de choinneamhan fo stiùir an Neach-gairm air feadh na bliadhna, le üghdarrasan ionadail anns na sgìrean croitearachd agus le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Tha sinn a' nochdadh dà eisimpleir air an ath dhuilleig. Dh'fhaodadh gun saoilear nach eil mòran ceangal eatarra ach tha na dhà air so-mhaoin fearainn an ionaltraidh choitchinn a chleachdadh gu buannachd coimhearsnachd nas fharsainge agus do gach fear, tha riaghladh croitearachd air a bhith mar phàirt den amas iomlan a thaobh a bhith a' dèiligeadh le crionadh ann an àireamh-sluaign.

Tha iad cuideachd a' co-roinn nam priomh luachan a thaobh creideas gu bheil a bhith ag obair airson na coimhearsnachd fharsaing gu làidir a' spreagadh gach neach a tha an sàs ann.

# CÙIS SGRÙDAIDH URRAS TAOBH SIAR NA HEARADH

Tha uallach air Urras Taobh Siar na Hearadh airson a bhith a' stiùireadh 6578 heactairean de fhearrann, air a dhèanamh suas à 5 bailtean agus 53 croitean. Bha a' choimhairsnachd ionadail mar a' chiad choimhairsnachd san dùthaich a cheannaich 3 oighreachdan croitearachd bho Riaghaltas na h-Alba nuair a chaidh an ceannach ann an 2010. Tha an t-urras ag amas air eachdraidh fhada de chrionadh àireamh-sluagh a thionndadh air ais agus tha iad mar-thà air ceumannan cudromach a ghabhail a dh'ionnsaigh tèraineachd don choimhairsnachd seo san àm ri teachd.

Chaidh an t-Urras a chur air bhonn mar chompanaidh leasachaiddh le inbhe carthannais agus le cuideachadh bho phrìomh luchd-maoineachaiddh leithid lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar agus Maoin a' Chrannchuir Mhòir, leasaich iad a' chiad phlana gnothachais aca mus do rinn iad ceannach. Tha an t-Urras a-nis a' coileanadh plana a tha a' leantainn air an sin suas gu Màrt 2015, a tha ag amas air a bhith fein-sheasmhach agus comasach air taic a chur ri leasachadh eaconamach farsaing na sgire ionadail.

Tha na 3 bliadhna on chiad cheannach air fearann coimhairsnachd air an Urras fhaicinn a' stiùireadh na h-oighreachd gu soirbheachail, pròiseact dealan-uisge 100kw a leasachadh (obair a' tòiseachadh as t-Earrach 2014) agus roth-uidheam 50kw a bhithear a' cur an sàs ann an 2013. Tha sia làraich thaighean air a dèanamh saor air an ionaltradh choitcheann a tha rim faotainn air lasachadh prise gus luchd-còmhnaidh ùr maireannach a thàladh don sgire agus tha an t-Urras a' coimhead ri 6 taighean eile a thogail airson leigeil air mál reusanta, ann an co-obrachadh le com-pàirtichean. Bidh na taighean sin faisg air an ionad lomairt Coimhairsnachd, mar sin a' cothlamadh gnothachas agus feuman coimhairsnachd, agus fhuair iad aonta planaidh sa Mhàrt 2013. Tha rannsachadh ga dhèanamh air dòighean ùra airson gnothachas agus cothroman co-cheangailte ri turasachd a leasachadh, a bhios nam buannachd don choimhairsnachd san àm ri teachd.

Bha gach aon de na pròiseactan sin ag iarraidh aonta nan croitearan fa leth agus nan comataidhean ionaltraidh, agus is e obair com-pàirteachais an t-slige air adhart gu soirbheachas. Tha an t-Urras air comataidhean ionaltraidh a



chuideachadh gus maoineachadh fhaotainn bho Phrògram Leasachaiddh Dùthchail Alba (SRDP). Tha planaichean stiùireadh glèidhteachais nan àite a-nis aig tri comataidhean. Tha an t-Urras dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum bi an so-mhaoin fearainn a dh'fheumar airson comas obrachaidh croitearachd san àm ri teachd a' fuireach an taobh a-staigh còir-fearainn, agus aig an aon àm a' saoradh pàirtean beaga airson feumalachdan sònraichte gnothachais no feumalachdan sòisealta. Tha gach aon de na comataidhean ionaltraidh air an riochdachadh air a' Bhòrd, ga dhèanamh comasach air pròiseactan leasachaiddh eaconamach is sòisealta a bhith air an dealbh airson comas obrachaidh na coimhairsnachd croitearachd a near tachadh agus buannachdan a tharraing gu croitearan fhad 's a thathar a' lughdachadh buaidh air goireasan croitearachd.

Tha Murchadh MacAoidh, Cathraiche Urras Taobh Siar na Hearadh, cinnteach mu buannachdan seilbh coimhairsnachd. "Mus deach an oighreachd a cheannach, bha a' choimhairsnachd a' crionadh tro dhith chothroman do dhaoine òga, agus gun daoine chan urrainn croitearachd a bhith soirbheachail san àm ri teachd. A-nis, tha dleastanas oirnn air ar son fhin san àm ri teachd agus tha an sealladh sin mòran nas fheàrr na bha e o chionn 5 bliadhna."

# CÙIS SGRÙDAIDH COIMHEARSNACHD CROITEARACHD EÀRAIR - CNÒIDEART

Airson baile iomallach Eàrair air leth-innis Chnòideart tha seòrsa de chruth-atharrachadh air a thighinn mun cuairt san dà bhliadhna a dh'halbh a thaobh croitearachd.

Thar nam bliadhnaichean, bha gniomhachd croitearachd air a dhol sios agus ann an cunnart a bhith air fhaicinn mar arrasbacan don choimhearsnachd seach na adhbhar subhachais.

B' ann aig an àm sin a cho-dhùin Dalbhidh Mac a' Ghobhainn gur e aon dòigh air dèiligeadh leis an t-suidheachadh riaghlaigh croitearachd a chleachdad. Le tagradh a chur a-steach airson na croite aige a roinn, chaidh 2 chroit ùr a chruthachadh, a' fosgladh na slighe airson neach-gabhlair ùr a thighinn a-steach don choimhearsnachd. Fhuair na h-oidhirpean seo gus daoine ùra a thoirt a-steach do chroitearachd barrachd cuideachaigh nuair a chaidh ath-thòiseachadh a chur an gniomh gus aon de na croitean fior ùr a chruthachadh fon Achd atharraichte Croitearachd 2007.

Is e buil sin gu bheil an àireamh de chroitearan gniomhach ann an Eàrar air dùblachadh, agus le daoine ùra nas òige tha beachdan ùra agus dealas air a thighinn airson nas urrainn dhaibh a dhèanamh de na cothroman. A rèir Toby Robinson, mar as lugh a' ann as bòidhche. "Tha mi gar faicinn fhin mar luchd-cùram an fhearainn agus tha mi den bheachd gu bheil sinn a' taisbeanadh gum faod croitearachd a bhith air a chothlamadh le raon fharsaing de ghniomhachdan eile gus beatha àrd-ghnèitheach a sholarachadh dhuinn fhin."

An dèidh na h-àireimh de chroitean a mheudachadh, thionndadh aire an uair sin gu bhith a' dèanamh barrachd den ionaltradh choitcheann mar so-mhaoin cho-roinnt. Le talamh glè dhùbhlach agus 50% dheth de dhroch gnè, comhairlich a' chomataidh ionaltraidh leis a' choimhearsnachd fharsaing agus le luchd-turas, agus fhuaireadh beachdan air am fearann a chleachdad ann an dòighean cruthachail gu buannachd nan uile.

Fhuair an Sgeama Fearann Coillteach Chroitearan a thàinig a-mach às an sin maoineachadh bho SRDP. Is e an tamas am fearann droch-ghnè a chleachdad mar fhearann coillteach le stoc air an fhearann as feàrr agus prògram feansaich farsaing gus dèiliogeadh le cùisean co-cheangalite ri beathaichean a'

dol iomrall agus làimhseachadh fhèidh. Tha am feansadh a' dol air adhart, a' solarachadh obair luachmhor sa bhaile-fearainn agus nas fhaide na sin, agus tha am fiosrachadh air ais bhon choimhearsnachd fharsaing agus luchd-turas, a tha a' faotainn buaidh a-nis bho fhrith-rathadan air an leasachadh agus cliathan bheathaichean, air a bhith glè dheimhinneach.

Tha Toby Robinson a' faicinn seo mar, "cothrom dhuinne nach tig ach uair sa ghinealach agus tha e miorbhaileach a bhith a' faicinn luchd-seilbh fearainn agus croitearan, buidhnean is daoine fa leth, luchd chraobhan is luchd bheathaichean uile a' co-obrachadh a dh'ionnsaigh an amais cheudna. Bu mhath leinn taing a thoirt do na daoine iongantach sin an taobh a-staigh Coimisean na Croitearachd, Coimisean na Coilltearachd, Buidheann-stiùiridh Sgrùdaidhean & Pàighidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba (SGRPID), Urras Coilltearachd Chnòideart agus Stèidheachd Chnòideart, a tha air ar cuideachadh. Cuideachd, bu mhath leinn taing a thoirt don bhuidheann treun fheansaichean agus luchd-cur a tha air gach nì a choileanadh cho luath.




Feansaichean ùra air an cur suas ann an Cnòideart. Sgeama Fearann-coillteach ann an Cnòideart



Co-labhairt Mheasadairean 2012.

## LIONRA MHEASADAIREAN



Tha Measadairean a' solarachadh ceangal àrd-luachmhor eadar Coimisean na Croitearachd agus coimhearsnachdan croitearachd ionadail. Chunnaic 2012 trusadh air pannal ùr de Mheasadairean a chaidh fhastadh airson ùine de 5 bliadhna. Chaidh 87 Measadairean fhastadh uile gu lèir.



*Co-labhairt Mheasadairean 2012*

Tha an lionra a' còmhdaich sgire mhòr fharsaing le timcheall air 100 paraiste air an riochdachadh. A thuilleadh air bailtean-fearainn croitearachd àbhaisteach, tha am pannal a-nis a' leudachadh riochdachaidd gus sgìrean le croitean ùra a chòmhdach agus sgìrean ùra a tha comharrachte fon Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, leithid Eilean Arainn agus Moireibh.

Tha dleastanas a' Mheasadair eadar-mheasgte, a' cothlamadh frithealadh choinneamhan ionadail agus cuideachadh a' Choimisein le ceistean mu chûisean san sgire aca agus a' sgaoileadh fiosrachaidd a tha buntainneach do chroitearachd anns an sgire ionadail. A thuilleadh air coinneamhan agus tachartasan ionadail, chunnaic 2012 Measadairean a' cruinneachadh ann an Inbhir Nis airson a' chiad Cho-labhairt Bhliadhnaid den Phannal ùr le Coimisean na Croitearachd. Chaidh 10 coinneamhan gu h-iomlan a chumail le Measadairean air feadh na bliadhna.

## GEARANAN; SAORSA FIOSRACHAIDH; ATH-THAGRAIDHEAN; CEISTEAN COITCHEANN

Tha an clàr gu h-iosal a' nochdadh mion-fhiosrachadh mun àireamh de Ghearanan Foirmeil; iarr tasan a thaobh Saorsa Fiosrachaidh; Ath-thagraidhean gu Cùirt an Fhearin ann an Alba (SLC) agus Ceistean Coitcheann leis na dhèilig an Coimisean tron bhliadhna.

Gearanan Foirmeil	Iarrtasan Saorsa Fiosrachaidh	Ath-thagraidhean gun SLC	Ath-thagraidhean criochnaichte gun SLC	Ceistean Coitcheann
34	94	14 (7 dhiubh mar ath-thagrachd dileib an aghaidh co-dhùnadh le Coimisean na Croitearachd)	2 (sheas an SLC ri co-dhùnadh Coimisean na Croitearachd)	1,937

## CO-CHOMHAIRLEAN

**Prògram Leasachaiddh Dùthchail Alba (SRDP) 2014-2020**  
Chuir Crois-Phàrtaidh Pàrlamaid na h-Alba airson Croitearachd buidheann obrach SRDP air bhonn gus conaltradh le oifigearan Riaghaltas na h-Alba mun leasachadh air an SRDP 2014-2020 san àm ri teachd. Bhon t-Samhain 2012, bha Neach-gairm Coimisean na Croitearachd na chathraiche air a' bhuidheann obrach seo, a' cur air dòigh nan coinneamhan agus ann an co-obrachadh le buill eile den bhuidheann, a' leasachadh mholaidhean gus an cur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba airson leasachadh air SRDP 2014-2020.

Thug a' bhuidheann obrach pàipear gu buil fon ainm, "Dè as urrainn don SRDP a dhèanamh do Chroitearachd agus Aonadan Beaga?" Faodar am pàipear seo fhaicinn air làrach-lin Coimisean na Croitearachd. Tha e a' mineachadh carson a tha feum air prògram taic agus mar a dh'fhaodte a liubhairt. B' e aon de na molaidhean Sgeama Tabhartais Àiteachail Sgirean Croitearachd (CCAGS) a th' ann mar-thà a neartachadh. Mhol a' bhuidheann obrach an sgeama ath-ainmeachadh gu Prògram Taic Croitearachd agus mhìnich iad molaidhean nas làidire do fharsaingeachd na sgeama a th' ann. Chuir an Neach-gairm am pàipear gun Bhuidheann Crois-Phàrtaidh air Croitearachd. An dèidh am pàipear a chur a-steach, chaidh iarraidh air a' bhuidheann obrach am Prògram Taic Croitearachd a leasachadh agus mar thoradh air an sin chaithd pàipear eile a chur a-steach sa Mhàrt 2013. Anns a' phàipear seo, tha molaidhean taic airson comataidhean ionaltraidh, làimhseachadh stuic is fearainn, gniomhachd àiteachais, pasgairn a dh'aon ghnothaich airson croitearachd, gleidheadh air obrachaidhean sgeama a th' ann cheana, cosgaisean

coitcheann agus reataicean neartachaidh thabhartasan a thoirt a-steach a-rithist às leth luchd-inntrigidh ùr agus comataidhean ionaltraidh.

**Fhreagair an Coimisean cuideachd do na sgriobhainnean co-chomhairle a leanas, thar na bliadhna:**

- Molaidhean Ath-leasachaiddh CAP 2014
- Cuanan Seasmhach do na h-Uile
- Co-chomhairle Còd Muirburn
- Ceisteachan SNH an Fhòraim Monaigh
- Coimisean Dùthchail na h-Alba - Co-chomhairle air còmhairsnachdan dùthchail san àm ri teachd

## SEIRBHEISEAN DÙTHCHAIL IS ÀRAINNEACHDAIL NA H-ALBA (SEARS)

Tha Coimisean na Croitearachd air leantainn air adhart ag obair còmhla ri com-pàirtichean bho SEARS, le ceangal cunbalach a thaobh Conaltraidhean, ag amas air seirbheisean a leasachadh do mhanaidsearan fearainn, le croitearan nam measg. Gheibhear làrach-lin SEARS aig: <http://www.sears.scotland.gov.uk>

## AM PLANA GÀIDHLIG

Ann an 2009, chuir Coimisean nan Croitearan a-steach a' chiad Phlana Gàidhlig. Tha an obair air leantainn fo Choimisean na Croitearachd a dh'ionnsaigh crioch a chur air na targainean sa Phlana a tha fhathast rin coileanadh, a' coimhead ri ath-obair iomlan air a' phlana ann an 2014. Gheibhear lethbhreac de Phlana Gàidhlig Coimisean na Croitearachd air an làrach-lin againn

---

CUNNTASAN BLIADHNAIL  
COIMISEAN NA  
CROITEARACHD  
2012-13

---

# IOMRADH MANAIDSEARACHD

## Cùl-raon Eagrachail agus Inbhe Riaghachais

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil a th' ann an Coimisean na Croitearachd (CC) a chaidh a stèidheachadh sa Ghiblean 2012 ann an co-rèir ri cumhachan na h-Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, gus dleastanasan Coimisean nan Croitearan a bh' ann roimhe a ghabhail thairis.

Tha an CC fo riaghachd Bòrd-Stiùiridh de naoi Choimiseanairean. Tha triùir dhiubh air am fastadh le Ministearan na h-Alba a' leantainn air pròiseas fastaidh poblach agus tha sianar air an taghadh le croitearan clàraichte. Tha am Bòrd cunntachail airson stiùireadh ro-innleachdail, marasgladh agus riaghachas. Bidh Coimiseanairean a' coileanadh an dreuchd mar thosgairean don CC, ag adhartachadh phoileasaidhean agus luachan agus a' toirt eòlas speisealaichte chun a' Bhùird.

Bidh na Coimiseanairean làithreach nan dreuchd airson còig bliadhna, bhon Ghiblean 2012 gu Màrt 2017. Tha an Aithisg is Cunntasan Bliadhnaill seo a' toirt seachad iomradh goirid air ar gniomhachdan ann an 2012-13. Cuirear an aithisg air beulaibh Mhinstearan na h-Alba airson aonta. Ann an cumantas ri stuthan eile air an toirt gu buil leis an CC, bidh an Aithisg is Cunntasan seo air am foillseachadh air an lèraich-lin againn.

Tha Cunntasan 2012-13 air an ullachadh ann an co-rèir ri Stiùireadh bho Mhinstearan na h-Alba a thaobh Achd Cunntachalachd agus Ionmhas Poblach (Alba) 2000. Tha an Stiùireadh air a thoirt gu buil mar eàrr-ràdh do na cunntasan seo.

Mar bhuidheann poblach, tha dleastanas coitcheann air an CC gus luach poblach a liubhairt, a bhith ag obair a rèir phrionnsapalan an luaich as fheàrr agus cunntas a ghabhail air na priomhachasan poileasaidh buntainneach aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha mòran de obair a' Choimisein air a dhearbhadh 's air a stiùireadh gu dlùth le reachdas, a' gabhail a-steach cùisean san fharsaingeachd - structar a' Bhùird, am pròiseas taghaidh, am Plana 5-bliadhna, an dleastanas a

thaobh fiosrachadh fhaotainn bho chroitearan agus chomataidhean ionaltraidh - a thuilleadh air mion-fhiosrachadh sònraichte mu riaghachd croitearachd direach. Tha obair a' Choimisein sa chìad àite air a chothromachadh air dleastanasan reachdail le raointean obrach den toil fhèin a tha cuibhrichte.

## Aithris air Gniomhachd

Fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a tha atharraichte leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd 2007 agus atharraichte leis an Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010, tha an CC:

- a) Gniomhan san fharsaingeachd a thaobh
    - (i) Riaghachd croitearachd
    - (ii) Ath-eagrachadh croitearachd
    - (iii) Adhartachadh gu math croitearachd
    - (iv) A' cumail sùil air cùisean co-cheangailte ri croitearachd, agus
  - b) gniomhan sam bith eile air a bhuleachadh orra leis no fon Achd seo no achdachadh sam bith eile"
- Ann an cur nan dleastanasan sin an gniomh, feumaidh an Coimisean a bhith mothachail do:
- "a) ion-mhiannachd a bhith a' cur taic ri gleidheadh àireamhan sluaigh
    - (i) anns na sgìrean croitearachd, agus,
    - (ii) ann an sgire sam bith san àm a tha comharrachaite ... anns a bheil croitean, agus
  - b) buaidh atharrachaidhean air an raon den fhearrann a tha glèidhte ann an gabhaltas croitearachd air seasmhachd croitearachd".

On chaidh Achd 2010 a chur an gniomh, is e priomh dhleastanas a' Choimisein a bhith a' riaghachadh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, adhartachadh gu math croitearachd agus a' cumail lèirmheas air cùisean co-cheangailte ri croitearachd. Ann an cur air adhart an dleastanais seo, faodaidh an Coimisean co-nbrachadh le buidhnean com-pàirteachais eile a dh'ionnsaigh mathas sòisealta is eaonamach nan coimhearsnachdan croitearachd.

# AITHRIS MANAIDSEARACHD ... A' LEANTAINN

## Amas, lèirsinn agus luachan

Is e ar n-amas croitearachd a riaghlichadh, gus còmhnaidheachd air croitean adhar tachadh, cleachdadh fearainn gnìomhach agus stiùireadh co-roinnt le croitearan mar dhoigh air coimhersnachdan dùthchail a neartachadh 's a chumail suas.

Ar Lèirsinn: Gum bi Coimisean na Croitearachd aithnichte mar riaghladair a tha fiosraichte, fosgarra, cothromach, èifeachdach is buadhach.

Tha sinn a' cur luach air:

- na tha sinn a' frithealadh agus air a cheile
- builean soilleir, deimhinneach agus tomhaiseil
- obair sgioba thaiseil
- atharrachadh deimhinneach agus leasachadh leantainneach
- ionnsachadh cunbalach
- neo-chlaonachd
- spèis do dh'eadar-dhealachadh is iomadachd
- fosgarrachd is soilleireachd

Bidh Coimisean na Croitearachd cuideachd a' comhairleachadh Mhiniestearan na h-Alba mu chûisean croitearachd

## Cinn-uidhe Chorporra agus Ath-sgrùdadh air Prìomh Ghniomhachdan 2012-13

### Gniomhachdan agus Builean ann an 2012-13

Is e bliadhna dhùibhlanach a tha air a bhith againn ann an stèidheachadh phriomhachasan, cinn-uidhe agus targaidean do bhuidheann ùr, agus aig an aon àm a'

stiùireadh an tar-ghluasaid bho na poileasaidhean dileabach, structaran is siostaman bho bhuidheann a bh' ann agus a' solarachadh inntrigeadh is trèanadh do bhuill Bùird ùra.

Bha Coimisean nan Croitearan a bh' ann ag obair a dh'ionnsaigh cinn-uidhe is targaidean mar a bha air am mineachadh sa Phlana Chorporra.

Tha am Plana Corporra a-nis air a chur às àite le tachartasan, a' leantainn air stèidheachadh Coimisean na Croitearachd sa Giblean 2012. Bha aig Coimisean na Croitearachd ri Plana Poileasaidh còig-bliadhna a thoirt gu buil airson aonta ministrealach, agus an dèidh sin Plana Corporra ath-leasachte agus na planaichean obrachaiddh is targaidean bliadhnaile co-cheangailte ris.

Tha am fiosrachadh a tha air a gheàrr-iomradh gu h-iosal agus air iomradh gu mionaideach anns an earrann roimhe seo den sgriobhainn seo, air a chiallachadh mar fhiosrachadh don leughadair mun mheasgachadh de ghniomhachdan a tha Coimisean na Croitearachd a' coileanadh. Sna bliadhnaichean ri teachd, bidh seo a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh mu chomharran coileanaidh mu choinneamh chinn-uidhe is thargaidean mar a tha air aontachadh le Ministearan na h-Alba.

### Gniomhachdan riaghlichaidh

Tron bhliadhna aithris seo, dhèilig an Coimisean le còrr agus 900 tagradh. Tha iad air an taisbeanadh sa Chlàr gu h-iosal tro sheòrsa tagraighean riaghlichaidh. Thoiribh sùil air an earrann roimhe seo den aithisg bhliadhnaile san sgriobhainn seo airson raon slàn de staitistigean, air an taisbeanadh a rèir sgire ùghdarrais ionadail.

Seòrsa tagraighean	Tagradh aontaichte	Tagradh diùlta
Roinneadh	38	5
Sònachadh	218	8
Dileaban	72	-
Cead a bhith às-làthair	6	1
Di-chroiteadh làraich taighe	127	-
Di-chroiteadh pàirt croit	217	21
Di-chroiteadh croit slàn	8	8
Roinn	27	4
Toirt-air-ghabhail	67	1
Croitean ùra	10	-
Geàrr-ghabhail	2	-
Fo-ghabhail	57	6
Tar-aiseag le Tiomnaidh	55	-

### An Sgioba Dhleastanasan

Thàinig reachdas dhleasatanasan ùra gu bith san Dàmhair 2011, fon Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) 2010. Gu ruige seo, a' leantainn air Stiùireadh Ministrealach ann an 2010, tha oidhirpean a' Choimisein air a bhith a' cuimseachadh air fuasgladh a thoirt air

cùisean às-làthaireachd fad-amail bhon chroit. Mar thoradh air an sin, tha an Coimisean a-nis air còrr agus 400 cùis a cho-dhùnad. Gheibhear tuilleadh mion-fhiosrachaidh mu obair na Sgioba Dhleastanasan anns an earran roimhe seo den aithisg bhliadhnailean san sgriobhainn seo.

### Adhbharan Cùis Còmhnaidheachd a' Criochnachadh

	Criochnaichte	A' Còmhnaidh
Croitear a' còmhnaidh a-nis	158	158
Gabhaltas air a shònachadh	121	88
Croitear air bàsachadh	25	7
Gabhaltas air a thoirt suas	8	3
Croit air a cheannach agus air aiseag gu sealbhadair ùr	7	5
Croit air a cheannach 's air a thoirt air ghabhail do neach-gabhail ùr	3	3
Gabhaltas criochnaichte	30	9
Cùisean air an aiseag gu pròiseas dhleastanasan ùra	10	-
Croit air a cheannach - cùisean air an aiseag gu pròiseas eile	45	-
<b>IOMLAN</b>	<b>407</b>	<b>273</b>

### Measadairean

Fo reachdas croitearachd, faodaidh an Coimisean pannal de Mheasadairean fhastadh. Is e an àite a bhith a' cuideachadh a' Choimisein ann an liubhairt a chuid obrach gu h-ionadail. San Dàmhair 2012, bha an Coimisean toilichte daingneachadh gun deach pannal ùr de 87 Measadairean ionadail saor-thoileach fhastadh, a' còmhdaich suas ri 100 paraiste croitearachd. Faodar tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn a-mach anns an earrann den aithisg bhliadhnailean roimhe seo san sgriobhainn seo.

le measgachadh de luchd-ùidh a' gabhail a-steach üghdarrasan ionadail agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Fhuair am Plana Poileasaidh aonta bho Mhiniesteanan na h-Alba air 30 Ògmhios 2013.

### Priomhachasan Cudromach 2013-14

Tha Earrann 2C den Achd Ath-leasachaidh Croitearachd (Alba) a' mineachadh an riatanais air Coimisean na Croitearachd gus Plana Poileasaidh 5-bliadhna a dheasachadh. Is e amas a' phlana priomh phoileasaidhean a' Choimisein a stèidheachadh agus mineachadh mar a tha an Coimisean an dùil an dleastanasan a choileanadh.

Tha am Plana poileasaidh a' mineachadh nan rùintean a thaobh mar a dh'fhaodas croitearachd cur ri mathas Alba gu h-iomlan agus amasan poileasaidh ro-innleachdail na buidhne. Cleachdar e gus pròiseasan riaghlaichaidh nas mionaidiche a leasachadh, a dh'fhaodar a chur mu choinneamh thargaidean, anns a' chiad àite ann am Plana Corporra agus a' leantainn air an sin Plana Obrachaidh bliadhnailean don bhuidheann.

Tha mòran de chiad bhliadhna a' Choimisein nan oifis air a bhith co-cheangalite ri leasachadh agus co-chomhairleachadh air an dreach Plana. Mar a tha an Achd ag àithneadh, ghabh co-chomhairle àite

Bidh am plana còig-bliadhna seo mar a' chiad phlana de a leithid, a' mineachadh lèirsinn an ama ri teachd do Choimisean na Croitearachd agus bidh a' bhliadhna ùr air a cur seachad a' leantainn nan dleastanasan leantainneach làithreach, a' leasachadh mar a tha an Coimisean a' coileanadh a dhleastanasan ùra fon Achd agus a' leasachadh a rùintean, phoileasaidhean agus a phriomhachasan mu choinneamh nam bliadhnaichean ri teachd.

# AITHRIS MANAIDSEARACHD... A' LEANTAINN

## Inbhe agus Solar Fiosrachadh do Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach làithreach uile aig CnaC air an solarachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha na h-aon chumhachan aig luchd-obrach CnaC 's a tha aig an luchd-obrach an taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, agus tha iad fosgalite do rèiteachaidhean peinnsein na seirbheis chatharra. Tha obrachaidhean an roile-pàighidh agus HR aig Coimisean na Croitearachd air an coileanadh le Roinn Ghoireasan Daonna Riaghaltas na h-Alba air bunait seirbheis co-roinnte.

Tha cothrom aig an luchd-obrach uile air eadra-lion Riaghaltas na h-Alba a tha a' solarachadh ruigsinneachd air poileasaidhean is sgiobhainnean HR aig Riaghaltas na h-Alba, cothroman trèanaidh is leasachaidh, dreuchdan bâna a-staigh agus poileasaidhean buntainneach eile leithid Poileasaidhean Contra-Foill agus Innse Poblach.

Tha cothrom aig an luchd-obrach uile air eadra-lion CnaC anns a bheil raon de naidheachdan, fiosrachadh coitcheann agus earrann mu 'leabhar-làimhe luchd-obrach', a tha a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh mun bhuidheann, àite-obrach, roghainnean a thaobh leasachadh luchd-obrach, poileasaidhean riaghachaidh agus lethbhreac den phasgan inntrigidh làithreach do luchd-obrach ùr.

Tha dà choinneamh fhoirmeil sa bhliadhna airson ath-sgrùdadh coileanaidh aig gach ball den luchd-obrach, far a bheil feumalachdan ionnsachaidd no leasachaidd sam bith air an comharrachadh. Tha iad sin an uair sin air an cruinneachadh a-steach don Phlana Ionnsachaidd Chorporra a bhios a' comharrachadh feumalachdan trèanaidh agus uidheaman liubhairt aig ire neach fa leth, sgioba agus corporra. Tha am Plana seo air ath-sgrùdadh leis an Sgioba Stiùridh againn.

## Às-làthaireachd Tinneis

Tha am fiosrachadh a leanas air a sholarachadh mu choinneamh na bliadhna a' criochnachadh 31 Màrt.

## Làithean às-làthaireachd tinneis 2012-13

	2012-13	2011-12
Geàrr-ama	236.5	205.7
Fad-ama	156.5	55.0
Iomlan	392.9	260.7
Cuibheas a thaobh gach ball	8.9	5.8
Àireamh sa cheud de làithean rim faotainn	3.9%	2.6%

## Peinnsean

Tha buill an luchd-obrach aig CnaC airidh air a bhith nam ball de Phriomh Sgeama Peinnsein na Seirbheis Chatharra. Tha mion-fhiosrachadh mun sgeama agus airidheachdan peinnsein nan àrd-mhanaidsearan aig Coimisean na Croitearachd air an toirt seachad san Aithisg locaidh agus nota 1.5 do na cunntasan seo.

## Tèarainteachd Dàta Pearsanta

Cha robh mothachadh ann do bhriseadh dàta pearsanta sam bith ann an 2012-13 (2011-12).

## Poileasaidhean Iomadachd is Co-ionnanachd

### Chothroman

Tha CnaC a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba air iomadachd is co-ionnanachd chothroman. Tha am poileasaidh air co-ionnanachd chothroman ag aithris gum bu chòir dèiligeadh ann an dòigh co-ionnan leis gach ball den luchd-obrach a dh'aindeoin gnè, inbhe phòsta, aois, cinneadh, tùs cinneachail, claoadh gnèitheach, ciorramachd, creideamh, pàtran obrach, inbhe cosnaidh, dearbh-aithne gnèitheach, dleastanas cùram no ballrachd aonadh obrach. Ann an co-rèir ri poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha riatanas sònraichte air CnaC iomadachd an luchd-obrach a mheudachadh an taobh a-staigh na buidhne. Tha CnaC a' gabhail os làimh leasachadh air an luchd-obrach uile and agus a' cur luach deimhinneach air na diofar sheallaidhean is sgilean a tha gach aon a' toirt gu an obair againn. Tha CnaC dealasach a thaobh liubhairt a dhleastanasan ann an dòigh a tha a' brosnachadh chothroman co-ionnanachd, ag amas air cur as do leth-breith mi-laghail agus giùlain eile a tha air a thoirmeasg le reachdas co-ionnanachd.

## Cùisean Àrainneachdail

Tha CnaC dealasach a thaobh a bhith a' coileanadh a dhleastanasan àrainneachdail mar bhuidheann poblach. Tha sinn a' cumail ri riatanas an àrainneachdail ann an raointean leithid solarachadh, siubhal gnothachais agus stiùireadh thogalaichean. Tha obair a' Choimisein gu mòr air a liubhairt bho aon oifis a tha air a co-roinn le SNH agus buidhnean poblach eile. Tha cur-a-steach ann an diofar phairtean de sgìrean croitearachd air a sholarachadh le oifisean ionadail ar com-pàirtichean RPID. A thuilleadh air an sin, tha Coimiseanairean air an solarachadh le uidheam a bheir comas dhaibh obrachadh bhon dachaigh far an gabh sin dèanamh, agus tha goireasan obrachaidh bhon taigh aig luchd-obrach far a bheil sin freagarrach do an dreuchd. Tha dàta a gheibhear gu làithreach co-cheangailte ris a' phriomh oifis againn agus ri ar luchd-obrach agus gniomhachdan siubhail nan Coimiseanairean

*Taigh a' Ghlinne Mhòir - lùth, uisge, sgudal & coileanadh CO2 - cuid CnaC*

	% lomlaid		2012-13		2011-12		
	Cleachdadhd	Cleachdadhd	CO2	Cosgais	Cleachdadhd	CO2	Cosgais
Dealan (kwh)	-12%	73,298	39,887	11,807	82,997	34,615	8,255
Gas (kwh)	+66%	102,342	18,630	3,864	61,488	11,381	-522
Lùth air fad	+22%	175,640	58,517		144,485	45,995	7,733
Uisce (m3)	+13%	253	70	-504	225	62	6,387
Sgudal gun ath-chuaireachadh (liotairean)	+2%	29,992	3,899		29,379	3,819	
Sgudal ath-chuairetiche (liotairean)	-10%	40,633			45,024	0	
% ath-chuairetiche	+5%	58%				61%	

*Siubhal*

Chan eil figearan coimeasach rim faotainn airson milteachd & sgaoilidhean CO2 airson nam bliadhnhachan seo ach bidh iad air an cruinneachadh mu choinneamh nam bliadhnhachan a tha romhainn. Is e am poileasaidh còmhaghail poblach a cleachdadhd far an gabh sin a dhèanamh ach tha ar raon obrachaidh cruinn-eòlasach a' ciallachadh nach gabh seo a dhèanamh aig amannan.

	2012-13	2011-12
Cosgaisean		
Itealan	21,860	36,210
Rèile	4,139	4,541
Màl càir	3,148	6,355
Tacsaidh	5,131	3,872
Pàighidhean milteachd (an càr fhèin)	15,855	12,487
 IOMLAN	 50,133	 63,465

*Caiteachas na bliadhna agus cùisean ionmhasail eile*

De chosgaisean neo-thuarastalach a' Choimisein de £733,000 ann an 2012-13 - faic nota 3 de na cunntasan - tha a' mhòr-chuid dhiubh stèidhichte gu ìre bho bhliadhna gu bliadhna agus chan eil ach roghainn cuibhrichte ann airson cosg fèin-ùghdarrasail. Rè na bliadhna 2011-12, bha piosan caiteachais ann co-cheangailte ri cosgaisean air an cur suas ro-làimh mar thoradh air atharrachadh ann an inbhe Coimisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach cosgaisean IT, air am maoineachadh a bharrachd air a' bhuidseat bhliadhnaibh agus aontaichte le Riaghaltas na h-Alba. A' leantainn cluaines tràth an Neach-lagha làn-ùine, roghnaich an Coimisean pannal de Luchd-lagha bhon taobh a-muigh fhastadh, a' toradh ann am meudachadh ann an cisean laghail air a chothromachadh le isleachadh ann an cosgaisean tuarastail.

Is e a' phriomh dhùbhlàin ionmhasail do Choimisean na Croitearachd, dèanamh cinnteach gu bheil an fheum as feàrr ga thoirt às a' phriomh ghoireas aca ann an cruth luchd-obrach eòlach is sgileil. Tha coimeas geàrr-ionraidh

air caiteachas, le buidseat air bunait goireis agus airgid mar a chithear gu h-iosal, air a nochdadh ann an nota 5 do na cunntasan.

Bha an caiteachas ghoireasan airson na deireadh bliadhna aig 31 Màrt 2013 aig £2,631 millean mar a chithear anns an Aithris Caiteachais Iomlan ann an coimeas ri buidseat de £2,587. Fhuair an Coimisean £1,068,000 ann am pàighidhean Tabhartas-gus-Cuideachadh ann an coimeas ri £1,028,000 de phàighidhean airgid a chaidh a dhèanamh tron bhliadhna. Sholarach na bha a' chòrr airgead calpa obrachaidh airson dèilligeadh le creideasaichean a bha ann an àm am pàigheadh an taobh a-staigh 10 latha de dheireadh na bliadhna agus cosgaisean a-mach eile den leithid sin.

A thuilleadh air cosgaisean tuarastail de £1,466,000 air am pàigheadh direach le Riaghaltas na h-Alba - faic nota 2 ris na cunntasan - fhuair an Coimisean £1,068,000 ann am pàighidhean Tabhartas-gus-Cuideachadh ann an coimeas ri £1,028,000 de phàighidhean airgid a chaidh a dhèanamh tron bhliadhna. Sholarach na bha a' chòrr airgead calpa obrachaidh airson dèilligeadh le creideasaichean a bha ann an àm am pàigheadh an taobh a-staigh 10 latha de dheireadh na bliadhna agus cosgaisean a-mach eile den leithid sin.

# AITHRIS MANAIDSEARACHD... A' LEANTAINN

## Tiodhlacan agus tabhartasan carthannach

Cha robh tiodhlacan no tabhartasan carthannach sam bith ann tron bhliadhna.

## Iarrasan Saorsa Fiosrachaidh

Fhuair an Coimisean 94 iarrasan tron bhliadhna ag ainmeachadh Achd Saorsa Fiosrachaidh.  
Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh a thaobh ghearanan foirmeil, ath-thagraidhean agus ceistean san fharsaingeachd anns an earrann roimhe seo den aithisg bhliadhnail san sgiombhainn seo.

## Call agus cur-às

Cha robh call no cur-às sam bith ann tron bhliadhna.

## Solarachadh Fiosrachaidh Buntainneach

Cha fada 's as aithne don Oifigear Chunntachail, chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith ann de nach eil sgrùdairean na buidhne mothachail, agus tha an t-Oifigear Chunntachail air gach ceum a ghabhail a bu chòir dhi a ghabhail gus i fhèin a dhèanamh mothachail do phiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus air daingneachadh gu bheil sgrùdairean CnaC mothachail don phiosrachadh sin.

## Neach-sgrùdaidh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadh Alba fhastadh mar neach-sgrùdaidh. Tha mion-fhiosrachadh mun chis sgrùdaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2013 air fhoillseachadh ann an nota 3 ris na cunntasan. Cha robh Sgrùdadh Alba an sàs ann no air am pàigheadh airson obair neo-sgrùdail sam bith tron bhliadhna.

## Neach-sgrùdaidh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Sgrùdadh Alba fhastadh mar neach-sgrùdaidh. Tha mion-fhiosrachadh mun chis sgrùdaidh airson na bliadhna gu 31 Màrt 2013 air fhoillseachadh ann an nota 3 ris na cunntasan. Cha robh Sgrùdadh Alba an sàs ann no air am pàigheadh airson obair neo-sgrùdail sam bith tron bhliadhna.

## Ceann-latha ùghdarrachte airson sgaoileadh

Chaidh na cunntasan seo ùghdarrachadh airson an sgaoileadh air

CAITRIONA NICILLEATHAIN

Àrd-Oifigear agus Oifigear Chunntachail

---

## AITHRIS AIR DLEASTANASAN AN OIFGEIR CHUNNTACHAIL

Ann an co-rèir ri earrann 19(4) de Achd Cunntachalachd is Ionmhas Poblach (Alba) 2000, tha Ministearan na h-Alba air iarraidh air Coimisean na Croitearachd aithris chunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhais anns a' chruth agus air a' bhunait a tha air a chur sios anns an Stiùireadh Chunntasan a tha air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba.

Tha na cunntasan air an ullachadh air bunait fàis agus feumaidh iad cunntas fior agus soilleir a thoirt air suidheachadh chûisean CnaC aig deireadh na h-ùine ionmhais, agus na cosgaisean obrachaidh, call is prothaid aithnichte agus sruthan airgid airson na h-ùine ionmhasail. Ann an ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-oifgear Cunntachail:

- gabhail ris an Stiùireadh Chunntasan air a chur a-mach le Ministearan na h-Alba, a' gabhail a-steach nan riatanasan cunntasachd is foillseachaidh agus poileasaidhean cunntasachd fhreagarrach a chur an sàs air bunait chunbalach;
- breithneachaidhean agus tuairmsean a dhèanamh air bunait reusanta;

- aithris a bheil inbhean cunntasachd fhreagarrach mar a tha air a chur sìos ann an Leabhar-làimhe Aithriseachd Ionmhasail an Riaghaltais air an leantainn agusimeachdan stuthach anns na cunntasan foillseachadh agus a mhineachadh; agus
- na cunntasan ullachadh air bunait gnothaich eantainnich.

Tha Rùnaire Maireannach Rianachd na h-Alba air an Àrd-Oifigear fhastadh mar Oifigear Cunntachail airson Coimisean na Croitearachd.

Mar Oifigear Cunntachail, tha dleastanas orm a thaobh cunbalachd agus iomchaidheachd an ionmhais phoblaich do bheil mi cunntachail, airson a bhith a' cumail chlàran ceart agus dòn so-mhaoin Coimisean na Croitearachd, mar a tha air a mhineachadh ann am Meòrachan an Oifigeir Chunntachail air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba.

CAITRIONA NICILLEATHAIN  
Àrd-Oifigear agus Oifigear Cunntachail

# AITHRIS RIAGHLACHAIS

## Farsaingeachd dleastanais

Mar Oifigear Cunntachail Coimisean na Croitearachd, tha dleastanas orm a bhith a' cumail suas frèam riaghlaichaidh earbsach agus siostaman in-smachd a tha a' cur taic ri euchdan phoileasaidhean Coimisean na Croitearachd, amasan is cinn-uidhe, agus aig an aon àm a' dòn nam maoinean is so-mhaoin poblach do bheil mi cunntachail, ann an co-rèir ris na dleastanasan a chaidh a shònachadh orm.

Mar Oifigear Cunntachail, fo earrann 15 de Achd Cunntachalachd is Ionmhas Poblach (Alba) 2000, tha mi cunntachail airson:

- a) m' ainm-sgriobhte a chur ri cunntasan Coimisean na Croitearachd
- b) dèanamh cinnteach à earbsachd is cumbhalachd a chuid ionmhais
- c) dèanamh cinnteach gu bheil a ghoireasan air an cleachdad a ann an dòigh eaonamach, èifeachdach is buadhach.

Tha 'Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba' (SPFM) air a sgaoileadh le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a sholarachadh do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile a thaobh làimhseachadh agus aithris air maoinean poblach. Tha e a' mineachadh nan riatanasan iomchaidh agus ag adhartachadh deagh chleachdad agus irean àrda iomchaidheachd. Mar Oifigear Cunntachail, tha dleastanas orm airson dèanamh cinnteach à gèilleadh do stiùireadh SPFM.

**Adhbhar Frèam Riaghlaichaidh agus siostaman in-smachd**  
Tha frèam riaghlaichaidh Coimisean na Croitearachd ann an co-rèir ris an stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba air a sholarachadh anns an SPFM agus 'Air Bòrd: Stiùir do Bhuill Büird is Bhuidhnean Poblach ann an Alba' agus ag obrachadh fo sholaran Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh leis an Achd Ath-leasachaiddh Croitearachd 2007 agus an Achd Ath-leasachaiddh Croitearachd (Alba) 2010.

Fon Achd Ath-leasachaiddh Croitearachd (Alba) 2010, chaide Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh air 1 Giblean 2012 gus obrachaidhean Coimisean nan

Croitearan a bh' ann roimhe a ghabhail thairis. Mar bhuidheann le bun-stèidh eadar-dhealaichte agus làn inbhe NDPB, tha Coimisean na Croitearachd air riaghlaichas ùr iomchaidh agus ath-sgrùdaichte a leasachadh agus air in-smachd ùr eagrachadh tron bhliadhna 2012/13. Tha am frèam agus na siostaman a tha sinn air a leasachadh air an dealbhadh gus cunnart a làimhseachadh aig ire reusanta. Chan urrainn dha cur às do chunnart uile gu lèir, agus mar sin chan urrainnear ach èifeachdas reusanta a sholarachadh seach cinnt air èifeachdas iomlan.

Thòisich am Bòrd (Coimseanairean) nan dreuchd air 1 Giblean 2012. Chaide crioch air a' phròiseas fastaidh le Ministearan na h-Alba de Neach-gairm a' Bhùird (tioital Cathraiche a' Bhùird fo Achd 2010) san t-Sultain 2012. Fo chumhachan na h-Achd, tha an Neach-gairm mar Chathraiche air a' Chomataidh Sgrùdaidh & Ionmhas. Cha b' urrainn do riaghailteachadh air diofar thaobhan den fhrèam agus na siostaman tòiseachadh ron àm sin.

Leig Nick Reiter, an t-Àrd-Oifigear, dheth a dhreuchd tro bhliadhna ionmhasail 2012-13 san Dùblachd 2012. Chaide a dhleastanasan airson a' chòrr de 2012-13 a ghabhail thairis le Daibhidh Balharry mar Àrd-Oifigear Eadar-amail, le Caitriona NiclllEathain air a fastadh mar Àrd-Oifigear maireannach sa Chèitean 2013.

## Frèam Riaghlaichas

### *Am Bòrd Againn*

Tha am Bòrd againn air a dhèanamh suas de naoi Choimseanairean. Fon Achd Ath-leasachaiddh Croitearachd (Alba) 2010, chaide triùir fhastadh le Ministearan na h-Alba agus chaide sianar a thaghadh le croitearan clàraichte. Bha am pròiseas ann an co-rèir ri riatanasan Oifis Coimiseanair Dhreuchdan Poblach na h-Alba. Fon Achd, is e Neach-gairm tioital Cathraiche a' Bhùird. Tha gach ball den Bhòrd umhail do mheasadh bliadhnaileis an Neach-gairm. Bidh buill a' com-pàirteachadh ann am measgachadh de sheiseanan trèanaidh a' gabhail a-steach seimeanair inntrigidh 'Air Bòrd'. Tha an Neach-gairm umhail cuideachd do mheasadh bliadhnaileis le Stiùiriche Àiteachais, Bidhe agus Coimhersnachdan Dùthchail aig Riaghaltas na h-Alba.

## Buill a' Bhùird

Siùsaidh Walker	Neach-gairm	Fastaichte
Cailean Ceanadach	lar-Neach-gairm	Taghte
Arnie Pirie		Taghte
Dòmhnull Rosach		Taghte
Iain Seòras MacDhòmhnaill		Taghte
Caitlin Nic na Ceàrdaich		Taghte
Murchadh Macllinnein		Taghte
Sandaidh Cross		Taghte
Uilleam Swann		Fastaichte
		Fastaichte

Tha dleastanas air Coimiseanairean airson stiùireadh ro-innleachdail, thar-shealladh is riaghlas a sholachadh agus sùil a chumail air caiteachas agus obrachaidhean ann an co-rèir ri stiùiridhean Ministrealach agus Riaghaltas na h-Alba. Choinnich am Bòrd naoi tursan sa bhliadhna gus an dleastanas seo a choileanadh.

Bidh an t-Àrd-Oifigear agus an Sgioba Stiùridh gu h-àbhaisteach a' frithealadh coinneamhan a' Bhùird còmhla ri àrd-mhanaidsearan eile agus luchd-obrach an làthair nuair a thathar ga fhaicinn iomchaidh.

Chaidh dreuchd an lar-Neach-gairm a dhealbh agus a thaghadh leis a' Bhòrd gus taic a sholarachadh don Neach-gairm.

A thuilleadh air an sin, tha uallach air Coimiseanairean fo reachdas croitearachd, co-dhùnaidhean a dhèanamh air cùisean riaghlaidh ron Choimisean le cumhachd air ùghdarris a thiomnadu gu oifigearan. Gheibhear an sgeama làithreach air ùghdarris a thiomnadu aig [www.crofting.scotland.gov.uk/instrument-of-delegation.asp](http://www.crofting.scotland.gov.uk/instrument-of-delegation.asp). Choinnich iad le chèile agus ann am fo-bhuidhnean aig diofar amannan air feadh na bliadhna gus an dleastanas seo a choileanadh.

### *Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais*

Tha buill den Bhòrd cuideachd a' frithealadh air a' Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Fo Achd 2010, is e an Neach-gairm Cathraiche na Comataidh agus mar sin cha b' urrainn don Chomataidh a bhith stèidhichte gus an deach Neach-gairm a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba san t-Sultain 2012. Ron àm sin, bha Comataidh eadar-amail na àite. Fo na cumhachan iomraighe aige, bidh iad a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma dh'fheumar. Ann a' chiad bhliadhna de dh'obrachadh, choinnich a' Chomataidh ceithir tursan a' gabhail a-steach aon coinneamh Comataidh eadar-amail.

Tha riatanas Achd 2010 a thaobh an Neach-gairm a bhith sa chathair aig coinneamhan a' Chomataidh "ma tha an làthair" a' briseadh stiùireadh air deagh chleachdad a chaidh a sgaoileadh le Riaghaltas na h-Alba ann an Leabhar-làimhe Ionmhais Poblach na h-Alba, Leabhar-làimhe a' Chomataidh Sgrùdaidh agus Air Bòrd. Gus gèilleadh do Achd 2010 agus stiùireadh air deagh chleachdad, tha an Coimisean air lar-Chathraiche fhastadh don Chomataidh agus cha bhi an Neach-gairm gu h-àbhaisteach a' frithealadh coinneamhan den Chomataidh.

### *Buill den Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais*

Susan Walker	Cathraiche
Sandaidh Cross	lar-Chathraiche
Caitlin Nic na Ceàrdaich	
Murchadh Macllinnein	gu 26 Dàmhair
Uilleam Swann	bho 26 Dàmhair

Bidh an t-Àrd-Oifigear is Ceannard Ionmhais gu h-àbhaisteach a' frithealadh coinneamhan. A' leantainn air fhastadh gu dreuchd mar In-Sgrùdaire san Dùblachd 2012, fhuair a' Chomataidh taic cuideachd bho Scott-Moncrieff. Tha Sgrùdaidh Alba cuideachd a' faighinn cuireadh agus fhrìtheil iad na coinneamhan uile den Chomataidh fhoirmeil. Aon uair 's gu bheil iad aontaichte, tha geàrr-chunntas na coinneamh air aithris aig a' coinneamh Büird a leanas còmhla ri fiosrachadh às ùr air a labhairt bho Chathraiche na coinneimh. Is e priomh dhleastanas na Comataidh cinnt neo-eisimeileach a sholarachadh a thaobh iomchaidheachd an fhrèam stiùireadh cunnairt agus an àrainneachd smachd co-cheangailte ris, ann an co-rèir ri prionnsapalan an Luach as Fheàrr don Bhòrd agus don Oifigear Chunntachail.

Tha geàrr-chunntas coinneamhan, fèin-eachdraidh goirid agus clàr uidhean nan Coimiseanairean rim faotainn air an làraich-lin againn aig [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk).

# AITHRIS RIAGHLACHAIS ... A' LEANTAINN

## Àrd-Oifigear

Gus na leig e dheth a dhreuchd san Dùblachd 2012, b' e Nick Reiter a bha na Àrd-Oifigear air Coimisean na Croitearachd a bha an dèidh a bhith na Àrd-Oifigear air a' Choimisean a bh' ann. Chaidh Daibhidh Balharry Ceannard Sheirbheisean Croitearachd aig a' Choimisean

a chur an dreuchd mar Àrd-Oifigear Eadar-amaill. A' leantainn deireadh na bliadhna ionmhais 2012-13, chaidh Caitrlona NiclllEathain fhastadh mar Àrd-Oifigear maireannach sa Chèitean 2013. Tha an t-Àrd-Oifigear mar chosnaiche de Riaghaltas na h-Alba.

## Sgioba Stiùiridh

Tha structar stiùiridh a' Choimisein leis an Sgioba Stiùiridh aig a' cheann air a bheil uallach airson obrachaidhean bho latha gu latha.

Nick Reiter  
Daibhidh Balharry

Caitriona NiclllEathain  
Iain Toal  
Donna Nic a' Ghobhainn  
Eòsaph MacIlleChiar

Àrd-Oifigear  
Àrd-Oifigear eadar-amaill  
Ceannard Sheirbheisean Croitearachd  
Àrd-Oifigear  
Ceannard Poileasaidh is Dhleastanasan  
Ceannard Shiostaman Fiosrachaidh  
Ceannard Riaghlaidh

Giblean 2012 gu Dùblachd 2012  
Dùblachd 2012 gu Cèitean 2013  
Giblean 2012 gu Samhain 2012  
Cèitean 2013  
bhon Fhaoillicheach 2013

A tha fa leth a' faotainn taic bho na priomh mhanaidsearan a leanas:

Eàrdsaidh Mac an Aba  
Gòrdan Dòmhnullach  
Sine NicThòmais

Ceannard Ghearanan  
Ceannard ionmhais  
Ceannard Conalraidh

## Luchd-obrach

Tha Coimiseanairean a' faotainn taic bhan obair aig 52 luchd-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach sealach. Tha mion-fhiosrachadh air àireamhan luchd-obrach ri

fhaicinn ann an nota 2 de na h-aithrisean ionmhais seo. Tha gach ball maireannach den luchd-obrach nan cosnaichean de Riaghaltas na h-Alba air am fo-fhastadh chun a' Choimisein.

## Frèam Cunnairt agus Smachd

Feumaidh buidhnean uile a tha umhail do riatanasan an SPFM ro-innleachd stiùireadh cunnairt a chur an gniomh ann an co-rèir ri stiùireadh a chaidh a chur a-mach le Ministearan na h-Alba agus tha na prionnsapalan sin air an togail le Coimisean na Croitearachd.

Fon Achd Ath-leasachaidd Croitearachd (Alba) 2010, feumaidh an Coimisean plana còig bliadhna ullachadh a' mineachadh am poileasaidh air mar a tha dùil aca an dleastanasan a choileanadh. Chuir Ministearan na h-Alba aonta ris a' phlana seo air 30 Ògmhios 2013. A' leantainn air an seo, bheir an Coimisean Plana Corporra agus Plana Obrachaidh bliadhnaill gu buil. Bhiodh Clàr Cunnairt àbhaisteach co-cheangailte ri cinn-uidhe a' phlana Chorporra agus a' phlana Obrachaidh. San eadar-ama, tha an Coimisean air Clàr Cunnairt mionaideach a leasachadh stèidhichta air an t-suidheachadh làithreach.

Bha a' chiad choinneamh den Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais air ùr stèidheachadh san Dàmhair 2012, air a chothlamadh le seisean trèanaidh a sholaraidh CIPFA. A' leantainn air an seo, chaidh an clàr cunnairt ath-sgrùdad a gu tur le oifigearan a bha a' coileanadh measadh mionaideach a chaidh a chur air beulaibh a' Bhùird, còmhla ri deasbad air cinn-uidhe is priomhachasan obrachaidh air 14 Dùblachd le ath-sgrùdad a mionaideach eile sa Ghearran 2013.

Tha làn seilbh aig a' Bhòrd air a' Chlàr Cunnairt le cur-a-steach is comhairle bho oifigearan, agus tha an Clàr ga ath-sgrùdad aig gach coinneamh Bùird a' gabhail a-steach sgrùdad a thaobh gach cunnairt.

A' leantainn air a' chiad bhliadhna an oifis, choilean a' Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais fèin-mheasadh le cur-a-steach bho Sgrùdad a-staigh agus a-muigh air 7 Cèitean, le iomradh air 'Air Bòrd' 'Leabhar-làimhe na Comataidh Sgrùdaidh' aig Riaghaltas na h-Alba. Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh còmhla ris na toraidhean aithris aig a' choinneamh Bùird às dèidh sin.

Chaidh fèin-mheasadh leis a' Bhòrd a choileanadh air 12 Ògmhios 2013 a' cleachdad innel fèin-mheasaidh Stèidheachd Eòrpach airson Stiùireadh Càileachd.

## Ath-sgrùdad air Fiosrachadh is Làimhseachadh Dàta

Chunnaic a' bhliadhna leasachaiddhean cudromach san raon seo tro bhith a' toirt a-steach crioptachadh air coimpiutairean-glùine luchd-obrach agus cuideachd cleachdad a bha a' dol a-mach gu pàrtaidhean air an taobh a-muigh. Cuideachd, chaidh pròiseas leasachte a chur na àite airson a' bhith a' sgaoileadh dàta fo Shaorsa Fiosrachaidh, le sgrùdad a bharrachd ga dhèanamh le neach-stiùiridh iomchaidh ro fhiosrachadh sam bith a bhith air a sgaoileadh, gus dèanamh cinnteach à gèilleadh don DPA.

Tha raointean ann fhathast a ghabhas leasachadh, a' gabhail a-steach crioptachadh air coimpiutairean-glùine Choimiseanairean agus ùrachadh air trèanadh seirbheis chatharra a thaobh làimhseachadh fiosrachaidh. Tha planaichean air an cur nan àite gus an dà raon seo a cheartachadh tron bhliadhna 2013-2014.

Gu làithreach, tha an Coimisean a' leantainn cuid de Fhrèam Poileasaidh Tèarainteachd Riaghaltas na h-Alba, le luchd-obrach agus a' mhòr-chuid de Choimiseanairean ag obrachadh an taobh a-staigh nan deagh cleachdaidhean a tha molta do phriomh raointean, leithid fad fhacail-faire agus amannan glasaidh sgriona. Thathar an dùil leantainn le cunbalachadh air amannan glasaidh a-mach.

Thathar a' planadh air làn sgrùdad a dhèanamh air an Fhrèam Poileasaidh Tèarainteachd ann an 2013-2014 gus aon a leasachadh a bhios sònraichte don Choimisean, an dèidh measadh cunnairt slàn a dhèanamh air a' bhuidheann. Aon uair 's gum bi seo dèante, is e ar rùn dèanamh cinnteach gum bi an luchd-obrach uile agus na Choimiseanairean ag obrachadh an taobh a-staigh nan criochan a thathar a' faicinn iomchaidh don bhuidheann.

Tron bhliadhna, chùm an Coimisean suas ri fiosrachadh a thaobh buileachadh na h-Achd Chlàran Poblach (Alba) 2011 a thàinig gu bith air 1 Faoilleach 2013, le smuaintean mar-thà a' tionndadh gu na buadhan a thig air a' bhuidheann nuair a dh'iarrair oirnn ar plana a chur a-steach.

Cha robh easbhaidhean sam bith an lùib dàta tèarainteachd pearsanta tron bhliadhna.

# AITHRIS RIAGHLACHAIS ... A' LEANTAINN

## Cùisean cunnairt sònraichte ag èirigh

Chomharrach am Bòrd na priomh raointean cunnairt làithreach mar a leanas:

### Cunnart

Neo-ionnanachd san amharc eadar goireasan eagrachail is rüintean na roinne urrasachd a thaobh nas urrainn don Choimisean a liubhairt. Chan eil fios air / cha deach a mheasadh dè an ire de ghoireasan a dh'fheumar airson a bhith na riaghlaiche croitearachd èifeachdach.

Stiùireadh Uallach Obrach - comas ann air dìth phriomhachasan soilleir a bhith ga dhèanamh duilich goireasan a riarachadh gu h-èifeachdach.

Tha Structar stòr-dàta a' Chlàir Chroitean fhathast neo-fhreagarrach airson an adhbhair.

Comas ann air dìth mhodhan-obrach ceart mu thimcheall làimhseachadh air foillseachadh com-pàirt agus gearanan.

Chan eil àite anns an reachdas airson di-chroiteadh le croitear-seilbhe.

### Gníomh

Aon uair 's gum bi am Plana còig-bliadhna air aontachadh, ceangail gu dlùth leis an roinn urrasachd a thaobh targaidean is cinn-uidhe. Stèidhich na goireasan riatanach.

Plana ri aontachadh. Priomhachasan eagrachail rin ath-sgrùdadh leis a' Bhòrd, deasbad leis an roinn urrasachd a thaobh phriomhachasan üra, targaidean is goireasan.

Mineachadh soilleir air riatanasan gnothachais ann an siostam ùr sam bith gus cuideachadh le tuairmse cheart air caiteachas, a dh'fheumar airson togail agus buileachadh.

Dèanamh cinnteach gu bheil na h-ùidhean uile air an glacadh gu ceart agus gu bheil pròiseas cheart air a cur an àite mu thimcheall orra sin.

Obrachadh còmhla ris an roinn urrasachd airson sin a cheartachadh mar nì a tha deatamach - - reachdas ùr a' tighinn am bàrr.

### Toraidhean In-Sgrùdaidh

A thuilleadh air na nithean gu h-àrd, thog In-Sgrùdadadh gu bheil plana còig-bliadhna a' Choimisein ann an dreach agus nach eil am plana tri-bliadhna co-cheangailte ris na àite. Airson a' chiad bhliadhna obrachaidh cha robh plana obrachaidh ann. Tha dreach plana obrachaidh air a thoirt gu buil airson 2013/14, ach chan eil seo gu follaiseach ceangailte ris a' bhuidseat a chaidh a mholadh.

Air sgàth leasachadh air Plana còig-bladhna a' Choimisein sa chiad bhliadhna aige, cha robh na planaichean Corporra is Obrachaidh nan àite agus am pròiseas buidseat bliadhna co-cheangailte riutha - a' ceangal buidseatan ri cinn-uidhe - a bu choir gu h-àbhaisteach leantainn air agus a bhith ceangailte ris a' Phlana.

Mar sin, Tha aig Coimisean na Croitearachd ri bhith ag obrachadh tron bhliadhna le siostaman dileabach, pròiseasan agus buidseatan a thàinig a-nuas bho Choimisean nan Croitearan a bh' ann.

Chaidh aonta a chur ris a' Phlana Poileasaidh air 30 Ògmhios 2013. Thig làn deasbadan a thaobh phriomhachasan is ghoireasan co-cheangailte ris, gu crich ann an àm gus a dhèanamh comasach don phlana obrachaidh is buidseat co-cheangailte ris a bhith nan àite gu h-iomlan aig toiseach 2014/15.

## Ath-sgrùdadh air Èifeachdas an t-Siostam In-Smachd

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm airson a bhith ag ath-sgrùdadh èifeachdas nan rèiteachaidhean riaghlaghais, a' gabhail a-steach an t-siostam in-smachd.

Tha an sgrùdadh agam air èifeachdas an t-siostaim air fhiosrachadh le obair nan in-sgrùdairean agus le Sgioba Stiùiridh Coimisean na Croitearachd, a bhios a' coinneachadh 2-3 tursan gach mìos le cur-a-steach bhon Cheannard Ionmhais a thaobh chûisean co-cheangailte ri Ionmhais no Sgrùdadh. Tha uallach air an Sgioba Stiùiridh agus air Ceannard an Ionmhais airson leasachadh agus cumail suas na frèama in-smachd, agus airson a bhith a' beachdachadh agus a' freagairt bheachdan bho sgrùdairean air an taobh a-muigh nan litrichean stiùiridh agus ann an aithisgean eile. Tha an Sgioba Stiùiridh cuideachd a' beachdachadh air Cunntasan Stiùiridh air bhunait mìosail le Ceannard an Ionmhais, gus beachdachadh air caiteachas agus ro-mheasaidhean.

Tha an siostam in-smachd farsaing stèidhichte air comharrachadh leantainneach air na prìomh chunnartan ann an coileanadh phoileasaidhean, amasan agus cinn-uidhe a' Choimisein; a' luachadh nàdar agus meud nan cunnartan sin; agus a' co-dhùnadh mar as fheàrr a stiùireadh iad ann an dòigh èifeachdach, eaconamach agus buadhach.

Bidh Bòrd-stiùiridh a' Choimisein a' coinneachadh gach dàrna mìos, le coinneamhan air am frithealadh leam fhìn, buill den Sgioba Stiùiridh agus àrd-mhanaidsearan eile is luchd-obrach mar a bhios iomchaidh.

Bidh Comataidh Sgrùdadh is Ionmhais a' Choimisein a bhios mi fhìn agus Ceannard an Ionmhais a' frithealadh còmhla ri riochdairean bho In-Sgrùdadh agus

Sgrùdadh a-Muigh, a' coinneachadh ceithir tursan sa bhliadhna. Tha uallach air a' Chomataidh Sgrùdadh is Ionmhais airson a bhith ag ath-sgrùdadh aithrisean ionmhasail bliadhnaile a' Choimisein mus tèid am foillseachadh, agus airson dèanamh cinnteach gu bheil cunnart air a chomharrachadh gu ceart agus air lasachadh na aghaidh sa Chlàr Cunnairt. Tha a' Chomataidh Sgrùdadh is Ionmhais a' beachdachadh air farsaingeachd phlanaichean sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh, a' faotainn aithisgean sgrùdaidh agus a' dèanamh mholaidhean far a bheil sin iomchaidh.

Tha am Bòrd an uair sin ag ath-sgrùdadh adhartais air lasachadh cunnairt aig gach coinneamh, le ath-sgrùdadh iomlan air bunait bhliadhnaile no nas trice ma dh'fheumar.

